

APS. I. 78.

MACDONALD, REV. JOHN.

SEARMOIN.

DINGWALL, N.D.

National Library of Scotland



B000122232



DAOINE AIR AN COMHAIRLEACHADH

AN GHAIDHLING

BHI DEANAMH CRON ORRA FEIN.

SEARMON.

THE ALL-SACRED AND ENGLIRPEORAN MIGAN AMAN GOBHIS AN
GALLAIG DAIN GE REAL IN COULAG ALMURUSA LETHAIL

BY THE REV.

REV. JOHN MACDONALD, D.D.,
PERGRANTOSH,

WITH

P R E F A C E

BY THE

REV. JOHN KENNEDY, D.D.,
DINGWALL.

DINGWALL.

LEWIS MUNRO, "ROSS-SHIRE JOURNAL" OFFICE.

PRICE FOURPENCE



DAOINE AIR AN COMHAIRLEACHADH

AN AGHAIDH

BHI DEANAMH CRON ORRA FEIN.

S E A R M O I N ,

A THIUGADH SEACHAD AN' INBIIRFEORAN AIG AN AM AN DO BIHRIS AN
GALAR, DA'N GOIREAR AN COLERA, MACH SA BHAILLE.

LE

I A N D O M H N U I L A C H ,

M I N I S T E I R A N N A N S G I R E N A T O I S I D H E A C H I D .

D I N G W A L L :

LEWIS MUNRO, "ROSS-SHIRE JOURNAL" OFFICE.

PRINTED AT THE "ROSS-SHIRE JOURNAL" OFFICE.

PREFACE BY THE REV. DR. KENNEDY, DINGWALL.

THIS edition of Dr Macdonald's "Cholera Sermon," as it was called, is a re-print. The publisher is not responsible for any mistakes in orthography which may be found, in the sermon as now published, by a Celtic scholar. Notwithstanding that such defects undeniably exist, the Gaelic is quite intelligible, and to no extent is there any misrepresentation of the sense.

This sermon is marked by the clearness of doctrinal statement, the terseness and force of diction, and the marvellous power of appeal, for which Dr Macdonald, as a preacher, was distinguished. The circumstances in which it was preached were such as greatly to aid the effectiveness of his manner, in producing a deep impression on the minds of his audience. The cholera had broken out. Never before were the people of that generation in contact with "the plague." The danger was new, and all were in a scared state of feeling. The pestilence was walking "in darkness," and mysteriously closing its deadly grasp on those who were marked as its victims. Men who yesterday were seen on the street in the fulness of health and vigour, were to-day seen carried as corpses to be covered by a hasty burial out of sight. The sounds of wailing were heard from homes not a few, out of which loved ones had been hurriedly borne to the grave. Who could tell but on him next the fell power would close its grasp to bear him away to the place of the dead. Men were compelled to think of death, and to ask if they were prepared to meet it. Conscience was awake, and men were disposed to listen to one who called them "to flee from the wrath to come."

"The Apostle of the North" was just the preacher for such an occasion. No other could more vividly pourtray the danger, more clearly indicate the only way of escape, more earnestly urge men to "flee for refuge to the hope set before them." "Do thyself no

harm" was his text, from which he discoursed regarding the care which men are bound to take of their natural life, and specially as to the paramount duty of accepting the Saviour from sin, in whom everlasting life may be found. The impression must have been great, even where the result was not saving, when with the rich musical tones of his voice ringing in their ears, and his whole man stirred before their eyes, into a manner which indicated the intensest feeling, he flashed by his burning words the light of seasonable truth on the minds of his hearers, and with mighty motives plied their hearts, as he urged them to unhalting decision and to instant faith.

DINGWALL, July 1878.



P R E F A C E.

THE following discourse, founded on the words of Paul addressed to the Philippian jailor, “Do thyself no harm” (Acts xvi. 28) was delivered at Dingwall, in the month of August last (1832), when the cholera had broken out in the town ; and when in the language of the prophet, it might be truly said, that “ every man was seen with his hands on his loins ; and all faces were turned into paleness.” (Jer. xxx. 6.) The author seldom appears before his countrymen through the medium of the press ; and he confesses that he would at any time rather use his tongue than his pen ; but in the present instance he has yielded to the wishes of some who heard the discourse, and particularly to the earnest and urgent request of the Committee of the Dingwall Board of Health. The members of that committee, in their communication to the author on the subject, were pleased to express it as “ their conviction, that the publication of it, in the present circumstances of the country, would be of incalculable use, not only in preventing the spread of cholera, but in removing many absurd prejudices entertained by too many of the uneducated people in these northern regions.” The discourse is given to the public in the language in which it was originally delivered ; and in which, too, it may prove more useful in this part of the country. The author has to regret the lateness of its appearance : especially as it has been preached with peculiar reference to the awful visitation of Providence under which we were smarting at the time, but which has since in mercy been removed from us. It would be uninteresting to the public, however, to know what the circumstances are which have occasioned the delay. But while we have reason to bless the Lord that the cholera has in a great measure subsided among us, let us not forget that it has not yet left our land ; and, whether it returns or not, that it is the duty of every man, as an accountable being, and as posting daily onwards to eternity, to receive and act upon the Apostle’s advice—in regard both to his natural life and to his immortal soul—“ Do thyself no harm.”

R O I M H - R A D H .

THUGADH an t-searmoin so seachad an' Inbhirfeoran aig an ám an do bhris plaigh uabhasach a Cholera mach sa bhaile—áṁ neulach gruaimach, anns am faiceadh tu mar a labhair an Tighearn leis an Fhaidh, “gach duine, agus a lamh air a leasraibh, agus na h-uile aghaidh air fas ban.” (Jer. xxx. 6.) Tha i nis air a cur mach air iarrtus cuid dhiusan a chual i, agus a bha do'n bharail, le a deanamh follaiscach, gu'm feudadh i bhi feumail do iomadh eile feadh na tir, gu h-araid aig a lethid so a dh'am. Tha e fior, o'n uair a chuireadh an t-searmoin an ceil—agus tha mor aobhar a bhi moladh an Tighearn air a shon—g'un d'fhag an colera ann an tomhas mor ur tir ; agus air an aobhar sin g'um feud iomadh a bhi saoilsinn nach eil mor fheum nis air a cur a mach, na gu h-araidh gu'm bheil i ro anamoch a' tighinn. Ach co 's urrainn a' radh nach pill an Colera fhathast ? Se eagal cuid gu'm pill, agus sin gu h-araidh a thaobh nach eil na toraidhean airson an dc leag Dia a mach c ri fhaicinn 'nar measg. Ach cia aca philleas e na nach pill tha e iomchuidh dhuinn aire thoirt do blrig nam briathra o'in bheil an t-searmoin air a tarruing, agus do na nithibh a chuireadh an ccill uatha, mar nithe a tha labhairt ruinn aig na h-uile am, agus cha'n ann a mhain aig am trioblaid 's cunnairt. Seadh tha e iomchuidh dhuinn airc thoirt dhoibh mar mhuinntir—cia aca is slainte na ouslainte dhuinn—a tha air an turus dh'ionnsuidh na siorruidheachd, agus a teanadh gach la ni's dluith ris an uar, anns am bi air a dhearbhadh d'ar taobhne cia aca (reir briatharan a bhonn-teagaisg) a b'e na nach b'e ur 'n obair air thalamh a bhi “deanamh cron oirnn fein !”

SEARMOIN, &c.

“Agus ghlaodh Pòl le guth àrd, ag ràdh, Na dean cron sam bith ort fein.”—GNIOMH., xvi., 28.

BHA na briathra so air an labhairt le Pòl ri fear-coimhead a phriosain aun am Philipi. Anns a cho-theagasc, tha sinn a' leughadh g'un do chuireadh Pol agus Silas a'm priosan airson a bhi searmonachadh an t-soisgeil. Agus anns a phriosan tha sinn a' faicinn cia mar bha iad g'an cleachdadadh fein. Cha'n ann mar bhios iomadh do phriosanaich, a tha air an tabhairt do chainnt agus do chleachduinnibh mi-chiatach; ach *ri urnuigh agus seinn, agus sin mu mheadhan-oidhche*, 'nuair a bha buidhcan eile na'n codal. *Agus gu h-obann, mar tha sinn a' leughadh, bha crith-thalmhuinn mhòr ann, air chor, as g'un do chrathadh bunaitean a phriosain, agus air ball dh'fhosgaladh na dorsan, agus dh'fhusgaladh cuibhreacha gach aon aca.* Dhearrbh Dia mar so, g'an robh e leo, agus ged a dhruid na naimhdean mach iad o chomunn a phobuill air thalamh, nach robh e na'n comas an druideadh a mach uaithe-san, no esan a dhruidcadh a mach uathsa. Dhearrbh e le so, mar an ceudna, cia co furasd 'sa tha e dhasan a phriosanaich fein fhuasgladh nuair a's àill leis; agus cia co foain 'sa tha uilc neart agus innleachd nan naimhdean an' aghaidh a shluaghse, nuair a nochdas esan a chumhachd air an taobh! Ach *air do fhear-coimhead a phriosain*, mar tha sinn a' leughaidh, dusgadh a codal, agus air faicinn

dorsa a phriosain fogsailte, tharruing e a chlaidheamh, air ti e fein
a mharbhadh, a' saoilsinn g'un' robh na priosanaich air teicheadh.
 Bha e nadurach dha so a shaoilsinn; agus is iomadh a dhcanamh
 e, aig am biodh an cothrom a bha acasa anns an àm. Na'n
 robh iad air teicheadh, bha fhios aig fear coimhead a phriosain
 g'on robh a bheatha fein an' laimh air an son, a reir lagh na
 Righeachd. Ach an duine truagh, ged a bhiodh sin mar sin,
 b'fhearr dha gu mòr a bheatha sin bhi air a toirt air falbh le
 lamhaibh dhaoin'eile, no e fein do chuir laimh iunte. Oir leis
 a gniomh so a dheanamh, bha e g'a chuir fein 'na leum a
 steach do'n t-siorruidheachd le peacadh uabhasach an fhein-
 nighort air a cheann, maille ris gach peacadh eile a chionntaich
 e riabh! Sann aig an àm so a ghlaodh Pol le guth ard, mar a
 leugh mi dhuibh ann an briathraibh a bhonn-teagaisg. *Na*
dean cron sam bith ort fein, oir tha sinn uile an' so. Tha sinn
 nis a faicinn carson nach do ghabh na priosanaich an saors, an
 uair a dh'fheudadh iad sin a dheanamh. Bha fhios aca na'n
 teicheadh iad g'un cailleadh an duine truagh so a bheatha air
 an sonsa. Agus bha speis aca d'a bheatha nach robh aig an
 duine fein dhi. Uime sin dh'fhuraich iad sa phriosan. Agus
 le fuireach, bha iad na'm meadhon gu beath 'n duine so a
 shaoradh, cha nc mhàin, o'n bhàs d'am feudadh e bhi buailteach
 o lagh na righeachd, ach o'n bhàs, mar an ceudna, gu truagh,
 bha e air ti a chuir an gniomh air fein. Oir sann aig an
 dearbh mhionaid san tug e an ionnsuidh so air fein, a ghlaodh
 Pol a mach, *Na dean cron sam bith ort fein;* Mar g'un abradh
 e, “O a' dhuine, stad; is uabhasach an gniomh a tha thu dol a
 dheanamh. Ni thu cron ort fein nach aithne dhuit, ach air
 nach tig thu thairis gu siorruidh! Na biodh eagal sam bith
 ort do thaobh cunnairt o lagh na righeachd gar nach gabhadh
 sinn do leisgeil, anns a gniomh a tha thu air ti a dheanamh

ged a bhiodh cunnart ann. Ach tha thu faiciun nach eil : feuch *tha sinn uile an so.* Dh'fhan sinn mar bha sinn, nuair a bha 'n t-slighe rcidh dhuinn gu teicheadh, chum gu'm biodh tusa tearuinte. Uime sin, na dean cron sam bith ort fein." Choisgcadh an duine o'n ghniomh le so. Agus mar tha sin a' faicinn, goirid an deigh so, air do choguis an duine bhi air a dusgadh le spiorad De, agus air dha tighinn f'a chomhair Phoil agus Shilais leis a cheisd chuidromach sin, *ciod is eigin dhomh a dheanamh chum gu tearnar mi?* Bha iad air an deanamh na'm meadhon, gu a threorachadh dh'ionnsuidh Chriosd, tre an d'rainig e air beatha agus slainnte shiorruidh. Agus, gun cheisd, tha e nis anns an Icrusalem shuas, a' toirt cliu do Dha airson an latha 'choinnich Pol ris ann am priosan Philip! Dh'fheudamaid fhaicinn ann an so, glic agus culbheirteach mar tha Satan, g'an d'rinn Dia amadan dheth aig an àm so. Shaoil leis, an uair a fhuair e Pol agus Silas a chuir a'm priosan, gu'n d'chuir e à'n comas a nis call a dheanamh air a rigbeachd. Ach 'sann chuir e mar gu'm b'ann, cabhag orra do'n phriosan, ged nach b'e sin a chrioch a bha aigse, gus an duine so a spionadh as a theaghlaich.

Ach thaobh nam briathran o'n do chuir mi romham a bhi labhairt, tha sinn a faiciun cia mar bha iad a luighe ri fear-coimhcad a phriosain, agus ciod e an ni àraig a bha iad a labbairt ris. Feudaidh nach eil neach ga'm eisdeachd anns an dearbh staid 'san robh esan aig an àm, no tha air ti an dearbh gniomh sin dheanamh bha esan gu a chiontachadh. Tha mi a' durachd a bhi creidsinn nach eil ; agus na'm biodh, tha na briathra labhairt ris an ncach sin, anns an t-seadh as cudthromaiche. Gidheadh se m' eagal gum bheil iomadh gam eisdeachd a tha 'deanamh croin orra fein air iomadh doigh eile ;

seadh, araon do thaobh an anma agus an cuirp, mar bheir siun fainear an deigh so. Agus thigeadh dhoibh, anns co fad as a tha iad a deanamh sin, na briathra a ghabhail d'an ionnsuidh fein. Thuille air so, tha iad air an tabhairt dhuinne le deachdadh Dhe. Agus thigeadh dhuiuu an eisdcachd o a bheulsan. Feudaidh sinn a radh, mar an ceudna, g'um bheil brigh an t-soisgeil air fhillleadh annta ; scadh, g'um bheil anail chubhraidh bhlà an t-soisgcil a' briseadh mach trompa. Gu'n toir an Tighearn dhuinn, uime sin, a bhi g'an gabhail d'ar 'n ionnsuidh fein. Agus aig an àm so, gu h-àraid, a bhi tuigsinn ciod a tha iad a labhairt ruinn, an uair a tha an galar uabhasach sin, d'an goircar an COLERA, a leig Dia mach mar phlaigh air fcadh Righ-eachdan eile, nis air teachd a dh'ionnsuidh ar dorsa. Sann a thaobh so, fcumaidh mi aidcachadh, a bha mi air mo threorachadh dh'ionnsuidh nam briathra. Se th' agam ri radh, uime sin, o bheul an Tighearn, ris gach aon a tha 'n diugh g'am eisdeachd—*Na dean cron sam bith ort fein, aon chuid air do chorp no air d'anam!*

I.—Ann a cheud ait, Na dean cron sam bith air do chorp, no do bheatha nadurach, san t-saoghal so. 'Se so an ni gu h-àraidh a thoirmcasg Pol do fhear coimhead a phriosain; agus tha au Tighearn g'a thoirmeasg dhuitse agus dhomhsa mar an ceudna. Is fior e, nach eil an corp co luachmhor ris an anam, gidhcadh, fhuair sin o Dhia e mar fhuair sin an t-anam, agus shuidhich esan co-cheangal dluth eatorra, air chor as gu bheil iad feumail d'a cheile, agus nach dean an dara aon diu feum air thalamh dh'easuidh an aoin eilc. Tha fhios aig na h-uile ueach cia co feumail as a tha an t-anam, do'n chorp, agus au corp, mar an ceudna, do'n anam, do thaobh an gnothacha laghail san t-saoghal tha lathair ; agus nach deanamh an t-anam feum a dh'easuidh

a chuirp, o thaobb gur ann tre bhuill a chuirp a tha c gniomb-arachadh ; no an corp fcum na'm fagadh an t-anam e. Ach tha fhios aig a Chriosdaidh, air mhodh aràidh, cia co feumail as a tha—cha n'e mbain an t-anam do'n chorpa, ach an corp do'n anam—agus gur beag a dheanamh an t-anam ann an cur air aghairt a shlainnte fein, no bhi feumail do bhuidhcan eile, mur biodh an corp ; seadh, agus an corp air a sheol. Is fior gu'm bheil an corp, do brigh iomadh laigse is culsainte d' am bheil e buailteach, aig uairibh na eallach do'n anam ann an gnothuoh-aibh spioradail, air chor 's gu'm feud e bhi air a radh. mu'n chreidcach, aig àmaibh, gu bheil an “Spiorad gun amharas togarach, ach a ta 'n fheoil anmhunn,” (Luc., xxvi. 41.) Ach, anmhunn mar tha i, ciod a dheanamh e san t-saoghal so d'a h-easuidh ? Tha e'n coman a shuilean, a chluasan, a lamhan, a chosan, seadh (agus cha'n iad bu choir a bhi air dhcireadh) a ghlunan, anns a bheatha spioradail ; agus tha e, aig uairibh, ag iarraidh bhi moladh Dhia air an son. Thuille air so, mar fhuair sin ar cuirp co maith ri ar anamaibh o Dhia, sann a chum bhi air an cleachdamh na sheirbheis fein a thug e dhuinn iad, agus cha'n ann a chum a bhi air am milleadh no air an gnathachadh gu mi-iomchuidh leinne. Dha-san uime sin feumaidh sinn bhi freagarrach arson an fheum a rinn sin leo. Cha 'neil e cead-uichte dhuinn air an aobhair sin cron sam bith a dheanamh orra. Maille ri so, thigeadh do phobull an Tighearn' a chumail na'n cuimhne gum bhcil an cuirp, co maith ri an anamaibh, air an ceannach le Criosd, “Cheannaicheadh le luach sibh,” ars' an t-Abstol, “uime thugaibh gloir do Dhia le ur cuirp agus le ur spiorad as le Dia,” (1 Cor., vi. 19, 20.) Seadh, 's iad an cuirp earrann do chorpa diomhair Chriosd, agus teampuill an Spioraid Naoimh. Nach tigeadh dhoibh, uime sin, meas a bhi ac' orra : an urrainn dhoibh cron a dheanamh orra, gun chron a dhcanamh,

aig an àm cheudna, air corp diomhair Chriosd, agns air teampuill an Spioraid ? Ach maille ris na bha air a radh, is còir dhuinn uil' a chuimhneachadh, gnr e ám ur beatha naduraich air thalamh, an t-àm a thug Dia dhninue gu bhi rigsinn air slainte siorruidh. “S'e an t-àm taitneach e, agus la na slainte.” 'Se an t-àm do phobull an Tighearn e, gu bhi 'g “oibreachadh mach an slainte le h-cagal agus ball-chrith,” is gu bhi air an uidheamachadh arson Gloire. 'Sc an t-ám e do pheacaich gu bhi faighail aithne air na nithibh a bhuineas d'an sith, mu'm bi iad gu siorruidh air am folach o an suilibh. O, cia co mòr as a tha 'n crochadh ri ar beath' air thalamh—ri ar beatha aimsireil—ris an àm ghoirid, mhi-chinnteach, anns am bheil anam is corp co-cheanguite ri cheile !—siorruidheachd do shonas, no siorruidheachd do thrnaighe ! An tigeadh dhninn uime sin cron a dheanamh d'ar cuirp, no d'ar beatha nadurach, ris am bheil uiread an crochadh ? An tigeadh dhuinn cron a dheanamh do ar suilibh, do ar cluasaibh, no do bhall air bith do ar cuirp, an t-eagal g'an cnircadh sinn à'n comas a bhi air an cleachdamh ann an gnathachadh nam meadhousa sin tre au ruigeamaid air an aon ni feumail, agns air a chuid mhaith sin a sheilbheachadh nach toirear air falbh ? Gun teagamh, tha iads' an ni so a' deanamh croin orra fein nach eil iad an diugh a tnigsiun, ach a mhothaichcas iad la-eigin. Dh'fhendainn aobharan eil ainmeachadh airson an tigeadh dhuinn aire a thoirt do'n earral chndthromach a tha againn ann am briathraighe a bhonn-teagaisg. Gu h-àraidh mar tha iadsan tha dcauamh croin orra fein, do thaobh am beatha naduraich, a deauamh croin, aig an àm chendn', air an co-chrentairibh ; agns sin air iomadh doigh, d'a reir na dàimh no a cho-cheangail anns am bheil iad rin. Dh'fheudainn mar an cendna 'thoirt faincar g'am bhcil gach neach a tha deanamh croin air a bheath' aimsireil fein a deanamh

ainneirt air a nadur. Chruthaich Dia na h-uile heo chreutair ma'n cuairt dhuinn, durragan na talmhainn, iasga a chuain, eunlaith an adhair, agus beathaiche ceathar-chosach na machrach, leis a ghné sin na'n nadur, tre am hheil spcis aig gach aon air leth dhiu d'a hheatha fein ; tre an seachainn e cunnartan, s'an gnathaich e na meadhona, chum a hheatha a dhion is a chumal suas, a dh' ullaich Dia air a shon. Chruthaich Dia sinne leis a ghné cheudna, air chor is gu hheil e'n aghaidh naduir, gun deanamaid cron air ar heatha. Agus maille ri sin, g'am feud uile chreutairc Dhe nach d'fhuair ciall no tuigse mar fhuar sinn, fianuis a thogail ar 'n aghaidh, agus anns an ni so, na'n gairmeadh e gu sin iad, ar diteadh anns a' bhreitheanas !

Ach cha leudaich mi air na nithe so ni's faide. Feudaibh cuid a hhi saoilsinn g'an d'leudaich mi fada gu leoir orra. Ciod a'm feum, their iad, a bhi sparradh air daoинhh curam a ghahail d'an cuirp, is d'am beatha nadurach ? Nach ann orrasan a tha a chuid Mhor a' huileachadh an curaim, agus an saothair, fad laithean am beatha, agus a' call an anmanna neo-bhasmhor ris ? Nach ann air an anam, anns a chuid as tric', a tha'n dearmad air a dheanamh, agus cha 'n ann air a chorp ? Nach ann air an anam a tha iad a' deanamh a chroin agus cha 'n ann air a chorp ? Is fior e, agus labhraidh mi mu'n chron a tha iomadh a' deanamh air anamaibh, na àite fein. Ach ged a tha daoine anns a choitchionn, a buileachadh an curaim, 'san ùin, 'san saothair, airson na heatha tha làthair, agus a taisheanadh gur ann airson a chuirp a tha iad hco, agus nach ann airson an anam, gidheadh dh'fheudamaid a dhearhhadh g'am hheil iad, anns an ni so fein, a' deanamh croin d'am heatha nadurach, anns co fad as nach eil iad ga cleachdamh chum cuir air aghairt leas an anama, aeh 'gam milleadh is 'ga truilleadh le bhi ga teann-

daidh air falbh o'n fheum sin airson an tugadh dhoibh i, le Dia. Ach, gun bhi leantuinn air so, oir bhean mi ris mar tha, dh'ainmichinn euid do na doighibh anns am bheil daoine an cunnart a bhi dcanamh croin orrà fein, se sin, air an cuirp, no am beatha nadurach. Agus,

1. Tha iadsan g'a dheanamh a tha cumail o'n chorp sin a tha feumail 'air a shon. Tha euid aige am bheil meadhona gu leoir gu an cumail suas, ach aig nach eil cridhe a bhulicheas iad orra fein, no air an co-ehreutaraibh. Tha an cridheachan ceangailte ri an cuid òir is airgid. Cha'n fhuiling iad peighinn a thoirt às an stoiresas, aeh na h-uile peighinn as urrainn iad a thional, a chuir ris; biodh iad fein is an teaghlaichean a' dol do'n ghoirt. Na daoine truagh! ciod a ni an euid airgid is òir dhoibh aig uair a bhais, nuair is eigin dhoibh dealachduinn ris, gun fhios a bhi aca co a mhcalas e? Tha iadsan, gun teagamh, 'deanamh croin, mor chron, orra fein; a' call an anma ri tionail maoin shaoghalta, agus gun fheum a dheanamh dhoibh fein no do fheadhann cile leis. Tha cuid eile, tre leisg is lunndaireachd, agus anacail gu oibir, nach saoirich mar bhuineadh dhoibh arson an araiu lathail, agus an lòin 'san eididh a dh'fheumas au cuirp. Is ma ghabhas iad obair aig am air bith o's laimh, ciod a th'annt' ach *snàigearan* no *seilcheigean* na ceann? Tha iad fein 'san clann gun bhiadh, gun eudach. Cha'n eil na meadhona aca; ach se an coire fein a th'ann, agus coire chuireas Dia ri'an cunnatas luath no mall. Na biodh anam a tha air ainmeachadh air Criosd ciontach as a mhi-chliu so. Cha bu bh eag am masladh e air an aidmheil tha e 'deanamh. Cuimhnícheadh iadsau g'an d'aithean an Tighearn dhoibh, Gun bhi leasg ann an gnothaichibh, ach durachdach nan spiorad a' dcanamh seirbheis do'n Tighcarn, (Roin. xii. 11).

Tha cuid cile, agus tha iad a' cosnadh, ach a' caitheamh na choisneas iad air an òl. Cha luath' a gheibh iad am pàigheadh latha no seachdan, no sud do'n tigh òsd iad leis, gus an òl iad a pheighinn dheireanach dheth, biodh iad fein 'san teaghlaichean a trasgadh an sud fad na seachdan. Na daoine truagh ! Tha iad a' deanamh cron orra fein agus air na creutaraibh a' dhearb Dia riu, air iomadh doigh. Ach gun luaidh air a chron a tha an cleachdamh craiteach so a' deanamh air an cuirp is air an slaint, agus air an anamaibh neobhasmhor, d'a thaobh ùin agus bi-bhuantachd, (oir air na nithibh sin labhraidih mi an deigh so) bheirinn fainear, leis an anacaitheamh so, g'am bheil iad ciontach a bha cumail o'n chorp na nithe tha feumail da, agus sin aig an dearbh àm anns a'm bheil e na'n comas a bhuiileach air; agus mar sin 'a deanamh cron dubailte dhoibh fein--cron ann bhi cumail o'n chorp na nithe tha feumail air a shon, agus cron ann bhi a' milleadh am maoin air mhodh tha calldach ar aon do'n anam 's do'n chorp. O, smuainicheadh iad so, ciod a tha iad a' deanamh. Cuimhnicheadh iad ciod an cron a tha iad a' deanamh orra fein, agus nach eile oidhche Shathuirn no Shabaid, nuo oidhche no là eile, a bhuliche iad air an òl, nach labhair fhathast na'n aghaidh, agus nach bi searbh dhoibh. Agus cuimhnicheadh cuid, mar an ceudna, ged nach eil iad gu cleachdte air an tabhairt do'n òl, gidheadh, aig am bheil deigh air, agus a ghabhas tuille 's a chòir dheth, nuair a choinnicheas iad ris, g'am bheil iad anns an fhad sin a milleadh trocairean Dhia, agus a' cumail uatha fein is o'n teaghlaichibh na meadhona sin a tha feumail air an son. Ach ann a focal air a cheann so, tha na h-uile nach eil curamach mu'n slainte, agus mu staid am pearsa fein, nach eil a' tabhairt an lóin do'n chorp tha fallan is feumail, agus nach eil ga ghabhail aig na tráthaibh suidhichte, nach eil a cumail an cuirp glan o la gu la, nach eil a cumail

eudach glan, slan, umpa, co fad as a tha sin n'an comas ; nach cil a gabhail fois naduraich na h-oidhche dhoibh fein, nach eil curamach mu bhi seachanadh na nithe a chuireadh an slainnt' no am beath' an cunnart, mar a tha anabarr oibre no saothair, trasgadh fada, fuachd, fliuchadh, agus an lethide sin, seadh, agus iadsan nach cil faicillceach ann bhi dion am beatha o chunnartaibh, ach a chnireas iad fein gun aobhar, gun ghairm laghail, na'n coinneadh—tha iad so nile ann an tomhas ni's mo no ni's lugha, ged bhiodh iad saor o na cleachduinnibh ud a dh' aiumich mi, a deanamh croin orra fein. Tha iomadh neach eil a' tuigsinn co fcumail 'as a tha e aire thoirt do na nithibhse chum na slainte cuirp a bhullich Dia orra a chumail riu ; agus anns co fad as a tha iad a deanamh dearmaid orra, nach h-ur-rainn iad bhi saor o chionta, maille ri bhi brosnachadh an Tighearna, gus na h-euslantean 's na trioblaidean sin a leagadh orr', a tharruing iad mar so orra fein. Ach theirinn ris na h-uilc anam dhiu so, ann an ainm is ann am briathraibh an Tighearna, Na dean cron sam bith ort fein.

2. Mar tha cuid a deanamh cron air a chorp le bhi cumail uaithe na nithe a tha feumail air a shon, tha cuid eil a' deanamh cron, agus mór chron air, le bhi a toirt dha na nithe 'n aite 'bhi feumail, a tha calldach dha; mar tha anabarr bidh is dibhe, agus gu h-áraid anabarr dibhc. Tha an deoch, d'am bhcil iomadh air an tabhairt, a' milleadh an anmanna agus an cuirp an' aon uair. Tha i a' deanamh brúidean dhiu. Cha 'neil iad na'n ciall nadurach, am fad 'sa tha iad fuidhpe. Tha iomadh olc cil 'a geiridh aisde. Tha aig uairibh mionnan, cainnt shalach, trod, carraig, agus nithe oilltcil eile, tighinn na lorg. O, 's gráineil an sealladh, duine fo mhisge ! duin g'a dheanamh fein na dheamhan 's na bhruid an' aon uair !—Tha an deoch laidir

sin a tha gnáichte fcadh na dúch-sa, ris an abair sin an t-uisge beatha, teanndaidh gu'bhi do chuid na uisgc-báis. Feudaidh beagan deth a bhi feumail, agus gu h-áraid aig uairibh, ach an nair a tha e air a ghabhail ann ar neo-mhcasararrached, tha e gun teagamh a' deanamh calla. Thcagamh nach cil mothachadh aig neach fein air an sin san ám, ach tha e, gun cheist, a' cuir gu dlúth 's gu domhain, ann an corp an duine, siol teinneasan agus easlaintean, a thogas ceann fhathast. Seadh tha fios againn g'am bheil an deoch a' deanamh an duine buailteach, feudaidh sinn a radh, do na h-uilc gne easlaint, agus g'am bheil iadsan a tha air an tabhairt dhi, g'an deanamh fein na'n creich ullamh dhoibh. Agus do thaobh a ghalair chráitich siu a leig Dia nis a mach 'nar measg, tha lán dcarbhachd againn, o thuath 's o dheas, gur h-iad na misgearan do na h-uilc seórsa sluaigh a tha air an glacadh leis, is buaitlich dha. Tha cuid gun teagadh do na h-uilc seórs' air an tabhairt air falbh leis, ach a chuid as mó dhiu san : mar g'um biodh an galar a' cur air—agus tha an Dia a dh'orduich c a' cur air fein—cia be air bith a theid ás nach tcid am misgeir ás uaith, agus sin cha ne mhain, chum a bhi a' taisbeannadh a dhiom an aghaidh a chleachdaimh 'uabhasaich sin, ach a bhi nochdamh do na h-uilibh g'am bheil an cleachd-amh ann fein a' deasachadh an duine airson a ghalair, agus 'ga abuchadh a chum gabhail ris co nadurach 's a ghabhas an connadh tioram ris an teine. O nach gabhadh luchd na meisg rabhadh o'n so ! Agus a thuille air so, agus air na h-uile truaighe eile tha lcantuinn a pheacaidh so air thalamh, nach cuimhnícheadh iad, g'am bheil coinneachadh aca ri thabhairt do Dhia anns a' breitheanas, far—an áit a chin pain leis an robh iad a riarrachadh am miann shalach san t-saoghal so—an cuir e cupan do fhion dcarg neo-mheasgaicht' a chorruich n'an lambhaibh nach ól iad a mach tre shaoghal nan saoghal !

Ach mo thruaighe, gum bheil cuid an deigh sin uile, agus gur fearr leo an cunnart a ghabhail do na h-uile ni tha rompa, no an deoch a thoirt thairis ! Cosmhail ri duine air am bhcil iomradh againn ann an eachdraidh, bha 'call a radhairc ris an deoch, agus a chuir a chomhairl ri leighich* ainmail a bha 'san áit : agus air do'n leighich a' radh ris, “Ma's aill leat an solus a mhealtuinn thoir thairis an deoch.” Se thiuirt e, “Slán leat, ma seadh, a sholuis aoibhnich.” Mar sin tha iomadh a' gradh le an gniomharaibh, ged nach abair iad ann an briathraibh e, “Slán leat, a Chriosd—slan leat, a Spioraid Naoimh—slan leat a sholuis agus a shonais shiorruidh ;—thugar dhuinne an deoch—itheamaid, olamaid, bitheamaid subhach, oir am maireach gheibh sinn bás !”—O a dhaoine truagh, cluinnibh aon uair fhathast^g guth an Tighearn leis nach aill air dol am mugha, agus a tha a' gradh ris gach anam air leth agaibh, Na dean cron ort fein. Am bhcil fhios agaibh g'am bhcil sibh, mar bha fear coimhead a phriosain (garnach h-ann san aon seadh) a cur cloidhe steach gu ur cridhe fein ! Cha'n eil uair a tha sibh g'ar milleadh fein leis an deoch, no a gabhail tuille 's a choir dhi, nach eil sibh, mar g'am b'ann, a sàthadh a chloidhe ni's faide is ui's faide steach. O stadaibh, pillibh ; no se am bás a blios ann duibh, gu ciunteach, faidheireadh ! Na deanaibh cron ni's faide oirbh fein !

3. Ach gun bhi ag ainmeachadh nithe eilc aig an ám, tha iadsa, nach cil ann an là na heaslaint', a' gnathachadh na meadhona 'chuir Dia na'n comas, agus a dh'fheudadh bhi feumail chum an aisig gu slainte, a' deanamh cron orra fein. A dhaindeoin curainn no caithris dhuine, mu a bheatha nadurach,

* Leigh, mar theirear ann an earrannaibh do'n Ghaidhealtachd.

agus mu dhion 's mu chuir air aghairt slaint' a chuirp, feudaidh an euslaist' a thighinn, gun fhios a bhi aige eionnus. Agus mar dh'ullaich Dia meadhonau iomalahd chum ar beatha naduraeh agus ar slaint' a chumail suas, mar sin dh'ullaich e meadhonan a dh'fheudas a bhi feumail ann an la na h-euslaist', agus a rinn e fein gu tric a bhealnaehadh ehum saors' is fuasgladh a thoirt uaithe, air chor as naeh urrainn duinn a bhi gun choire ma tha sin a' deanamh dearmaid orra. Seadh, tha auiduiue a dhialtadh na nithe sin a ghuathaeahadh a tha freagarach anna fein, agus a dh'fliedadadh bhi feumail ehum aisig a shlainte, cosmhuil ri neach d'an tarladh lota fhaotuinn le cloidhe, agus a dhialtadh eomhairl no cabhair an fhir a bheireadh leighheas da a ghabhail, aon-chuid le bhi saoilsiun nach robh e an' cunnart, no a thaobh nach robh barail mhaith aig do'n Leighech, no naeh robh e ereidsinn g'an robh barail feum anns na nithibh 'bheireadh e dha: no (theagamh g'an abradh e) gur h-e bhann eomharachadh Freasdail, agus g'an earbadh se e fein ris an Tighearn, a chionn g'an deanamh esan an ni a chuir e roimhe, agus mar sin. Ach co a theireadh g'an robh an duine a dheanamh sin saor o ehiont', agus n'am basaieheadh e 'n lorg diultaiddh n'am meadhona siu a ghnathaeahadh, a dh'fheudadh bhi feumail da, nach robh lamh aig na bheatha fein? Bu choir dha bhi air gabhail comhairl an fhir bu ghlic no e fein agus d'am b'fhearr a b'aithne an eunnart anns an robh e; agus na meadhona a chomhairleheadh dha a chleachdamh: agus cha robh barrantas air bith aig bhi cur as leth a Chruithearn au ni a tharruing e air fein, no a tharruing ni no neach eigin eil air. Is iomadh a bheireadh binn an duine so maeh, a tha cioutach as ua nithe ceudna. Tha euid nach cleachd na meadhona, thaobh ged eil easlaist orra, nach eil iad a' meas iad fein a bhi ann an cunnart. Feudaidh nach eil iad ga mheas, ach cha 'ncil sin a

deanamh a chnnnairt ni's lugha. Agus feudaibh ann an cend thoiseach easlaint sam bith nach eil mor chunnairt ; sanna tha' an cunnart ma theid i air a h-aghairt, gun na meadhonna a chleachdamh trath, a chuireadh cosg' oirre, agus an sin g'an toir i dnbhlan meadhonna na cruitheachd airson aon ni as urrainn iad a dheanamh. Tha e ri thabairt fainear mar an ceudna g'am feud an trioblaid, cia b'a sam bith cho entrom as a bhios i innte fein, a bhi 'na meadhon, ma leanas i, gu trioblaid no easlaint eile a tharruing air neach, a dh'fheudas a bhi cunnartach, seadh, na ghalair bàis dha. Nach tric a tha cuartaichean, teasaichean, is teinneasan caitheimh a tighinn an lorg fuachd is casda, anns nach do chuireadh suim, agns a chaidh a leageadh fad air an aghairt ? Cha n'e, uime sim, an cunnart a tha san uair ri fhaicinn o ni air bith a tha 'cur ruinn, ris an tigeadh dhuinn sealltainn, ach an cunnart a dh'fheudas teachd 'na lorg : agus cha leisgeul idir do neach, nach robh c fein a' saoilsinn cunnart a bhi ann. Bu chòir dha a shaoilsinn, 's a chreidsinn air teisteis na muinntir d'm b'fhearr a b'aithn' e on e fein, agus saothair a dheanamh gu fhaotainn a mach mns feud g'am bi e an' aithreachas, an deigh laimh, a mhichurm fein, agns g'am fairich c, nuair nach urrainn e a leasachadh, g'an d'rinn e cron air fein. Ach cia co coslach ri so, as a tha staid a pheacaich do thaobh naduir, agus am mealladh fo am bheil e 'ga chumail fein ann am fois ? Cha 'neil eagal air roi' na pheacadh, an galar uabhasach sin a thainig a nnas air o'n tuitim, agus fo 'm bheil e dol air aghairt an' coinneadh na siorrnidhcachd. Cha'n eil e 'saoilsinn cunnart a bhi 'na staid, Agus a chionn nach eil, cha ghabh e curam, is cha ghnathaich c na meadhonan a chuir Dia roimhe, a chum rigsinn air leigh-eas is tearnadhb. Seadh, cha' neil e fein a faicinn cunnart 'na staid, agns cha chreid e uathsan a's fearr do'n aithn' e no e fein,

cha chreid eadhon o Dhia fein, mar tig là cumhachd air, g'am bheil chunnart ann. Ach am bheil a chunnart ni's lugha air an aobhar sin? No a' bheil a leisgeil ri ghabhail? Nach aon tha e a' meudachadh araon a chiont' agus a thrnaighe, a chionn nach do chreid e a chunnart, agus nach diar e dol as? Cuimhnicheamaid so, araon da thaobh ar beatha nadurach agus ar 'n-annamna neo-bhasmbhoir. Ach tha cuid, an uair a thig an easlainte, agns eadhon tra iad a' meas cunnart a bhi ann, nach cleachd na meadhonan tha iomaighuidh agus a dh'fheudah bhi feuma'l. Cha chnir iad a dh'iarraidh Leigheach. “ Ciod e am feum,” their iad, “ a tha anns na doctoirean. Ciod c an t-eolas no an sgile a tha aca thairis air muinntir eil, ged tha iad 'ga gabhail orra. Agus ciod e tha toirt orra bhi dol mu'n cnairt ach goal an airgid? Sc lambh an Tighearn a ta ann, agus ni esan an ni chuir c roimhe—carbaidh sinn as fein,” agus mar sin sios. Tha iomadh mar so, a' gabhail an leisgeil fein; agus gun teaghach, tha lamh aig an ard-eascaraid, a tha na namhaid araon do'n anam is do'n chorpa anns a chnis. 'Se a chrioch-se an tnuille ciont' a tharruing air ceann a pheacaich, mar nach bu leoir leis na rinn e mar tha. Gidheadh is truagh g'um biodh iadsan air a comhairl, aon an nthibh, gu h-araid a dh'sheudadh an ciall 's an tuigse nadurach fein a dheanamh mach dhoibh a bhi na'n cron. Ach feumaidh mi beagan a labhairt an aghaidh nan leisgeilan faon so. Agus bheirinn fainear, a thaobh feum sam bith a tha ann an Leigheachibh, gur h-ann tha sin a rcir mar ni Dia fcum leo. Tha iad air an orduchadh leis, agus bhcanainch e gu tric an saothair. Tha iad a faighil foghlaim iomochuidh air son an dreuchd anns am bheil iad, air chor as g'am bheil eolas aca air nadur nan galaran agus nan tcinneasan a tha 'cur ris a chorpa, agus nan ioc-shlainte tha freagarrach riu, nach nrrainn a bhi aig daoinibh eile. Feudaidh caslaintean a bhi

ann nach tuig iad, agus caslaintean a thuigeas euid dhuibh nis fearr uo cuid eile; agus feudaidh ann an euslaint sam bith, 'nuair a theid i fad air a h-aghairt agus an uair a tha 'n Tighearn a' cur roimhe fein la a elreutair a ghiorraehadh, naeh dean eolas no inuleaehd au leighich feum. Aeh eha nell sinn a' gradh—agus is cunnairteach do neach sam bith bhi do'n bharail —nach eil feum auuta. Tha moran a' labhairt aun an so, agus a' toirt breith' air an ni uach aine dhoibh. Aeh theorium mar dean iadsan feum eo eile a tha eoslach ri feum a dheanamh? Tha iad air am foghlum agus air an togail suas air son an dreuchd, mar a thubhairt mi. Agus eo a gabhadh tu fein gu obair saor no elachair a dheanamh aeh am fear a dh'iunnsieh an t-saorsinneahd agus a ehlaehaireachd? Na'm biodh tigh agad ri thogail na ri chaireadh, an gabhadh tu duine nach robh riabh air fhoghlum ann an aon do no ceardibh sin? Ach, their thu, “eia be air bith feum a tha anuta se gaol au airgid, is eha ne maith air bith a ni iad, a toirt orra bhi dol mun cuairt.” Is eruaidh a bharail sin mu'n tiomchioll, agus gu h-araidh do thaobh iomadh dhiu. Aeh uach fheum na h-uile duine a' bhi beo air a eheird; agus nach fheum iad am beo-shlainte bhi aea mar dh'fheumas muinntir eile? Nach ann air son airgid a tha thu fein a' deanamh d-oibre latha? Naeh ann air son airgid a tha an seirbheiseach a' gabhail ua sheirbheis, agus an eean-naieh a' eumail butha, agus a' reieeadh rnit na uithe tha thu a' giarraidh uaithe—seadh, agus an clachair a' togail do thighe? Agus an abradh thu naeh biodh gnothich agad ri seirbheisach, no ceannaeche, no clachair, a thaobh gur aun air ghaol au airgid a tha iad a deanamh gniomh no gnothach sam bith. Is cinnte nach abradh. Ciaunar, air an aobhar sin, naeh ceadaicheadh tu do leighiehibh bhi beo, mar cheadaicheadh 'tu do gach seors eile? Aeh feuch mu's cil thu leis a bharail so umpa, a gabhail

do leisgeil fein, ann bhi deanamh dearmaid air ua meadhonaibh sin a gnathachadh, an la na h-easlainte, a dh'fheudadh bhi femail, agus mar sin a deanamh cron ort fein? Tha cuid, ma dh'aoutaicheas iad idir g'am bhcil feum ann an leighich nach cnir fios air gus am bi e ro annamach. Nuair a bheir iad fein au duil thairis do'n duinne theinne, an sin their iad, “och cuirear a dh' iarraidh Doctoir dha.” Thainig an Doctoir, ach theagamh gur beag feum is urrain da 'dheanamh. Agus mu bheir e ni air bith dha, 's nach d'rinn e feum, their iad, “och, thug sinn an Doctoir ga fhaicinn, agus mar d'rinn e call cha d'rinn e feum sam bith dha; cha robh e ceart riabh an deigh an ni thug e dha.” Agus ma bhaiseacheas e cha mhor nach abair cuid cur e an Doctoir a mharbh e. Mar sin a tha cuid gu h-aimideach, ach gu bronach, cosmhuil ri Adhamh, an sean athair, nuar a pheacaidh e, a' cuir na coire uatha fein. Ach cha sheas so ann an la eile. Ma bha marbhadh ann is iad fein a bha ciontach as, nach do chleachd na meadhona trath, a dh'fheudadh bhi femail. Cuireadh so an cuimhne sinn air truaighe na muinntir sin a' dh'iarras trocair 'nuair a bhios e ro annamach, agus theid, mar ua h-oighibh aimideach, a dh' iarraidh ola nuair a theid an cothrom thairis, agus a bhios an dorus air a dhunadh. O gabhadh iad so rabhadh trath, agus iarradh iad an Tighearn am fad 'sa c ri fhaontainn! Ach tha cuid a chuireas a dh'iarruidh an leighich agus nach gabh a comhairl an uair a thig e. Agus mar d'rinn na nithe a dh'orduich e fcnm anns a mhionaid, an dara cuid bheir iad thairis a bhi g'an tabhairt, no tilgidh iad air falbh iad; agus 's math a dh' fheuidte g'an gabh iad an sin comhairl sean mhna bhuirnach a thig a steach a roghainn air comhairl an Doctoir. Cha'n eil iad so a tuigsinn nach e a bhi leighcas a ghalair ann am mionad—ni gn tric a do-dheant ann fein—a dh' fheumas bhi aig an leighich ua sheal-

ladh, ach tre oibreachadh nan iochshlaintean a bheireadh e, bhi a' gearradh freimh a ghalair, agus mar sin a bhi ga' lagachadh a chuid sa chnid. Ach thigeadh dhoibh bhi foighidneach, agns leigeadh leis an Leighich na mcadhona sin a ghnathachadh a tha e faicinn iomchuidh, mn's feud g'am faighear iad, an lathair Dhia, na'm measgan a tha deanamh cron orra fcin—scadh, agus air an co-chreutaraibh! Agus 'sann air dhoigh cosmhuil ris so a tha iomadh a dcanamh cron dhoibh fein a thaobh an slainte shiorruidh. Bithidh iad ag iarraidh Criosd, ma's fhior dhoibh, ach cha ghabh iad a' comhairl. Cha ghabh iad e air a' chumhachan feiu. Agus mar oibrich e anna ann an rathad a tha freagarachd ri'm blas 's ri'm beachdaibh fcin cha bhi gnothach aca ris. Gabhaidh iad an rathaid fein, agns saoilidh iad g'am bi iad cho maidh dheth fa dheireadh riusan a ghabh atharachadh a rathad. Chi iad fhathast a chaochladh; ach mo thruaighe, ma sann tra bhios e ro anamoch? Ach their cuid—agus tha eagal orm nach iad a chuid 's tcirc—nuair a thig trioblaid no easlainte na'n car, “Och se lamh an Tighearn a th'ann; agns ni easan an ni a chuir e roimhc. Earbaidh sinn as fein, agus cha bhi sinn aig dragh ri Leighichean no cnngaidheau leighis.” Seadh, agus an uair a thig trioblaid no bas air neach tre a choire fein no coirc a cho-chreutair, “Och b'c sud an ni a bha air orduchadh dhasan. Dh'fheumadh sud tachairt.” Mo thruaighe, g'am bhcil na barailean so ni 's cnmanta agus ui 's cunnartaich no tha iomadh saoilsinn! “Sc lamh an Tighearna a th'ann,” their thu. Is fior e gu'm bheil lamh an Tighcarn anu, ach nach eil do lamhsa ann mar an ecudna? Nach e lamh do chiontsa a tharrning lamh fheirgse a nuas ort? ’Sc lamh an Tighcarn a th'ann an nair tha na doinnionn 'sa stoirm an coinneadh do mhilleadh air a chnoc, ach am bheil sin a' gradh riutsa naeh c do dhleasdnas teichadh gu fasgaidh? Mar teich se do

choirc-sc a th'ann, agus cha toir e dion no fasgaidh dhuit o'n doinnionn, cha chum e mionaid thu o bhi air do mhilleadh leatha bhi ag radh gur e lamh an Tighearn a tha ann. 'Se lamh an Tighearn a tha anns au doinnioun, ach thoir aire, cha n'e lamh au Tighearn a tha ga'd chumail-se o bhi teicheadh. Cuimhnich gur c lamh an Tighearn a bha ann au uair a' thainig a chloich-mhcallan nuais air au Eiphit, ach robh siu ag radh nach b'c dlcasdanas nan Eiphiteach teicheadh a dh'ionnsuidh an tighcan? B'c, guu teagamh; agus mar comharra air siu bha na h-uile a theich tearruinte; ach bha na h-uile nach do theich air am milleadh. Ach, their thu, “Ni esan an ni chuir c roimhc.” Ni, ach cha n'e an ni chuir c roimhe fein ris am bheil agadsa ri bhi sealtainn, ach a ni chuir e romhadsa mar do dhleasdanas. Chuir e roimhe fein, an 'tannam a pheacaicheadh ga'm faigheadh e 'bas, ach chuir c romhadsa mar dhlcasdanas a bhi seachanadh peacaidh. Chuir e roimhc fciu am fear a thilgeas e fein do'n uisge g'am bathar e, agus do'n teine gau loisgear e; ach chuir e romhadsa mar dhleasdanas gu'n seachnadh tu uisg agus teine. Chuir e roimhe fein, uuair a bha Heseciah teinn, agur a reir coslais dluth do'n bhas, ga'n cuireadh e cuig bliadhna-deug ri a laithibh; ach chuir e roimh Heseciadhbh mar dhleasdanas g'am biodh e curamach m'a bhcatha is m'a shlainte, agus an uair a bha c fo'n cuslainte g'an cleachdamh e meadhonnan iomchuidh agus fragarrach a chum aisig gu slainte. A reir sin tha sinn leughadh g'an d' aithcan Isaiah, Faidh au Tighearn, g'an gabhadh iad meall fhigean, agus g'an sgaoilcadh iad air an casgaid c, chum gu'n slanuighear o. Isa. xxxviii. 12. Cha dubhaint Isaiah, no aon chuid Heseciah, “Chuir Dia roimhe fein g'am biodh an Righ beo cuig bliadhna deug fhathast, agus an ni sin runaich e; carson, uime sin, a bhiodh sinn aig dragh no a chlcachdah sinn meadhonna 'chum

a leigheas ?” Cha dubhaint, oir bha fhios aca le cheil, au Ti a dh’ ordnich sineadh lathachan agus slainte do Heseciah gu robh na meadhona mar an ceudna air an ordachadh leis tre am biodh a laithean air an sineadh agus a shlainte air a h-aisig, agus a reir sin g’am be an cioutsa mar gnathaicheadh iad na meadhonan. Cumamaid, uime sin, na nithe-se ann ar sealladh. Agus cuimhnicheamaid, mar an ceudna, gur ann mar so tha a chuis do thaobb slaint’ ar n-anamna, co maith ri slainte ar cnirp. Chuir Dia roimhe fein co iad a *dheanamh e a thearnadh—seadh, thagh c ann an Criosd iad roi’ bhunchar an domhain ; ach chuir c romhainn mar dhleasdanas mcadhona nan gras a ghnathadh gu li-ionchnidh ; ar gairm agns ar taghadh a dheanamh ciuiteach ; agus air mhodh araidh g’an creideamaid ann an Criosd, a’ cur an ceil gu soilleir, “ an ti a chreideas anns a Mhac g’am bheil a bheatha mhaireannachaig, ach anti nach creid a’ Mac uach faic e beatha, ach g’am bheil fearg Dhc a’ fantuinn air.” Eoin, iii. 36. Mar so tha c soilleir cia b’e sam bith a chuir Dia roimhe fein, mar cil siun toirt aire do’n sin a chuir e romhainn-ue mar dhleasdnas, araon gu h-aimsireil agus gu spioradail, g’am bheil siuu a’ deanamh cron oirn fein, agus g’am fulaing sinu gu ceart air a shou. Ach aon uair fhathast —tha cuid a their mu fhear na h-easlainte, “ Cha neil siún a’ cnir dragha oirnn fein a’ giarraidh leighich no cungaidhcan dha. Tha sinn ga fhagail an lamhau an Tighearn, agus ag earbsadh as airson fuasgladh.” Tha thu ag earbsadh as an Tighearn, agns air an aobhar sin cha chleachd thn meadhonan. Ciod a shaoileadh tu do’n duive a thuiteadh san nisge agus nach deanamh dichioll gu faighinn gu tir, ach a luighidh gu samhach socarach an sud, ag radh g’an robh e ag earbsadh ris au Tighearn a thabairt gu tir ; no do’u duinc a bhiodh dol bas ’on ghoirt ’s am biadh fagusg da, agus nach gluaiseadh lamh no cos

gu dol ga iarruidh, ach a' gradh g'an robh e fein ag earbsadh ris an Tighearn a ehumail suas? Naeh abradh tu g'an robh an duine sin as a ehiall; gur ann a bha e fanoid air Dia, agus g'am bu cheart g'am basaieheadh e an sud? Am bheil thu tuigsinn gur tusa fein an duine? Se dleasdanas nan uile bhi 'g earbsadh a' Dia. Ach eionnas? Cha n'e a bhi 'g earbsadh g'an oibrich e miorbhuil (se sin, g'an oibrich e gun mheadhon-aibh) agus miorbhuil ehum gnuis a thabhairt do pheacadh dearmaid an duine: ni mo is e bhi ag earbsadh g'an dean e fein na nithe a ehuir e ainn do chomas-sa a dheanamh; aeh ann an gnathachadh nam meadhonan a dh'ordui e, bhi ag earbsadh g'an toir e a bheannaehd nan cois, is g'an dean e femail iad. A dhuine thruaigh! ma se so an doigh sam bheil thu ag earbsadh a' Dia tha thu ga'd mhealladh fein. Is cunnartaeh, eall-daeh, dall, an earbsa tha agad. G'an dearbh Dia sin ort, agus g'am buin e uait i, ann aii latha treoetair. Agus se m'eagal, mar an ceudna, nach fearr no sin t-earbsa a' Dia do thaobh slainte t-ainam neo-bhasmhoir, an ni 's euidromieh no slainte a chuirp. Ma tha thu beo ann an aineolas air Criod, agus ann an diultadh gairmean agus taigsean an t-soisgeil, agus ag earbsadh, do thaobh g'am bheil Dia na Dha treoeaireach (mar their thu) g'an dean e do thearnadh—se sin ri radh, an taobh maeh do Criod—innseam dhuit gur eunnartach do ehor, agus mu theid thu an coinneadh a' bhais leis an earbsa sin, nach cuir sior-ruidheachd an ceilidh do thruaighe. Aeh theagamh g'an abair thu, “Sann tre Chriod a tha mi ag earbsadh a ni e trocair orm.” Am bheil thusa coinneachadh ris ann an Criod? Mar eil cha neil trocair no tearnadh ann an Dia air do shonsa. Agus fulaing dhomh a chuir an eeill dhuit ann aii dilseachd do d'anam, g'am bu cho maith dhuit, nam biodh agad a bhi ruith as o ehunnart, thu fein a thilgeamh san teinne chum

dion, le carbsa uach loisgeadh e thu, agns an taobh mach do Chriosd a bhi 'g earbsa a' Dia chum dion do d' anam—an Ti a tha na theine dian-loisgeach !

Mar so chuir mi fa' ur comhair tri doighcan gu h-araid anns am bheil daoine deauamh cron orra fein, da thaobh an cuirp, no am beatha aimsireil. Ann a cheud ait, le bhi a cumail o'n chorp na nithe tha femail air a shon. San darra ait, le bhi a toirt dha tuillc's a tha feumail. Agus anus an treas ait, le bhi a' dcanamh dcarmaid, ann an la na h-easlaint', air na meadhonaibh a dh'allaich Dia, agus a dh'fheudadh a bhi feumal chum ar 'n aisig gu slainte ; mailc ri cuid do na leisgeulaibh a tha aig iomadh an aghaidh nam meadhona sin a chleachdamh, agus na barairean cunnartach anns am bheil iomadh a gabhail fasgaidh, aig an dcarbh am anns am bheil iad, gu soilleir, a deanamh cron orra fein.

Ach theagamh g'an saoil cuid g'an do lean mi fad gu leoir air na nithese—agus cha robh mi air leantuinu cho fad orra mur b'e g'um bheil e aithnichte dhomh gu'm bheil mor ghairm air a shon. Tha iad ni's lionmhoir feedh na tir, no tha iomadh a' saoilsinn, nach eil cho churamach mu'm beatha nadurach agus mu shlaint an cuirp, 's a bhuicadh dhoibh, agus nach eil a' faiciun mor chron air an laimh air son sin. Tha iad lionmhor, tha cagal orm, a tha milleadh an cuirp agus a' deauamh dochainn d'an slainte, le droch chaidreadh air iomadh doigh, maille ri geocaircachd, stroighalachd, agus misge—agus mar sin a tha na'n luchd-moirt orra fein. Agus tha iad lionmhor mar an ecudna, ann an la na h-easlaint, nach clachd meadhonan agus nach gairm Leighich (no ma ghairmeas, gur ann an uair a bhios a chuis thairis), ach, mar their iad, ag earbsadh na cuis

ris an Tighearn, agus g'a fhagail na laimh ; coslach ri neach d'an tarladh a bhi fo throm euslaint, agus a theireadh do thaobh leighlich araidh san ait, g'an robh meas mor aig air, agus g'an robh e cuir mor earbsa ann, ach an uair a tbigeadh e agus a comharaicheadh e dba na nithe bu choir da a ghabhail, gur e a theircadh e ris, “ Och, cha bhi gnothach agam idir riusan ; sann tha'm earbsa annad fein, agus cha 'nann ann am meadhonaibh air bith.” An robh an duinc sin, ann am firinn, a' cuir earbsa anns an leighich ? Nach anu a bha c fanoid air ? Mar sin a tha iomadh a' deanamh do thaobh Dia, agus a' gradh g'am bheil iad ag earbsadh as an uair 's ann a' tba iad fanoid air Dia agus g'am mealladh fein. Nach eil fcum, uime sin, a bhi leudachadh air na nithse, agus a' bhi g'an sparradh dhachaidh air eridhibh agus coguisibh dhaoine , G'un toireadh Dia dhoibh a bhi faicinn an cunnairt 's an dleasdanais d'an taobh, a chum nach biodh iad ni b' fhaide, air an doigh so, a' deanamh cron orra fein !

Ach feudaidh sin fhaicinn mar tha na nithe a labhair mi, do thaobh a chunnairt sam bheil daoine a bhi deanamh cron d'am beatha nadurach ; agus a churaim, air an laimh eile, a bhuiineadh dhoibh a' ghabhail asda, a luigh ruinn gu h-araid aig an amsa, agus sin do thaobh a ghalair uabhasach sin d'an goirear an Colera, a leig Dia mach feadh na righeachd, agus a nis gu bronach, a tha air teachd dh'ionnsuidh ar dorsa ! Feudaidh sibh a thuigsinn g'an robh so nam' shealladh ann an gabhail nam briathra, agus anns gach ni a labhair mi uatha : air cbor as nach rig mi leas a bhi leudachadh air ar dleasdanas do thaobh a ghalair so leis am bheil sinn air ar fiosrac iadh. Ma se dleasdanas dhaoine aig na h-uile am a bhi curamach mu am beatha nadurach, agus a bhi air am faicil an aghaidh gach ni a

dheanamh dochann di, is cinnte gur e an dleasdanas e aig an amsa, anns am bheil mi-churam mu'n cuirp, no anacothrom air bith a bheir iad dhoibh g'an deanamh ni's bualtich do'n ghalar. Agus ma tha an cleachdamh truagh sin, an t-ol, d'am bheil iomadh air an tabhairt, calldach aig am air bith, tha e ro chall-dach, ro cunnartach, aig an amsa. Maille ris na h-uile truaigh eile tha g'a leantuinn tha an neach a tha air a thabhairt da ga thilgeadh fein an uchd a ghalair, agus ga dheanamh na chrcich ullamh dha—air chor as gur iongantas o Dhia ma thcid e as uaithe. Chuala mi, o chionn ghoirrid, mu dhuine truagh d'on t-seorsa so, an uair a bha leighich araidh a bha san ait a comhairleachadh an t-sluaigh an aghaidh an ol, agus a cumail mach a chunnairt a bh'ann do thaobh a ghalair chraitach so a bha n'am measg aig an am, a bha ri sgeig is fanoid na eudan fad na h-uin a bha e labhairt. Co luath 's a sguir e dh'fhalbh an duine truagh do'n tigh-osd—agus mar g'am biodh c cur air breugair a dhcanamh do'n leighich—ghabh e dhiol do'n deoch. An oidhche sin fein ghlacadh e leis a Cholera, agus anns ni's lugha no ceathar uaire fichead bha e san t-siorruidhcachd ! O, ciod an cronachadh a bha 'n so ! Ach ma se dleasdanas dhaoinc, aig na h-uile am anns am bheil trioblaid no euslaint g'am bualadh, meadhonan a chleachdamh a dh'fheudas a bhi feumail, agus a rinn Dia feumail do iomadh, seadh, agus comhairl nan leighichean a ghabhail d'an aithne, agus d'am buin, a reir an dreuchd, a bhi a comharachadh mach, nam meadhona is coslaich ri bhi feumail is freagarrach ; nach e an dleasdanas air mhodh araid aig an amsa, anns am bheil euslaint chraiteach air teachd 'nar measg, a bhi cleachdamh gach meadhon, agus a lcantuinn gach comhairl is seoladh as urrainn leighichean a chomharachadh mach, chum, fo bheannachadh an Tighearn, agus le ar suil a bhi ris air son sin, g'um feud g'am

biodh meud-eigin cosig' air a chuir air a phlaigh. Nach eil an Tighearn leis an trioblaid so mar g'am b'ann 'gar cur gu dearbhadh an ann a' cur earbsa dhall annsan a bhios sinu, agus a' deanamh tair air meadhonaibh ; no an ann ag earbsadh annsan, ann au gnathachadh uam meadhonan a dh' ordaich e, a bhios siun ; g'ar cur gu dearbhadh—an dean, no nach dean, sinn cron oirnn fein ?

Ach is bronach leam a chluaintinn g'am bheil cuid—cha n'e mhain a' diultadh nam meadhonan iomchuidh a gnathachadh—ach tha 'geiridh suas an aghaidh na'n leighichean agus nan riaghailcean a tha iad fein agus duine eile a cur a mach aig an am, agus a' gabhail na'n ceann a' radh, gur ann a tha Lighichean a marbhadh sluaigh leis na nithibh a tha iad a tort ; agus g'am bheil tuarasdal dhoibh airson sin. Cha d' thainig breug a mach a ifirinn is mo 's uabhasaich no i so. Is truagh iad a tha falbh leatha agus g'am mealladh fein 'sa mealladh an co-chreuitaire. Dia gu'n coisg beul nam breug, agus g'un cuir ceannsal air an namhad, a tha le a lethide so do innleachd ifirinneil ag oibreachadh air inntinnibh dhaoine, chum a bhi g'an cruadhachadh ni's mo f'on bhreitheanas, agus g'um bi tuille cothroim aig a phlaigh a bhi deanamh a h-oibir fein. Tuarasdal do lighichibh air son a bli marbhadt dhaoine ! B'uabhasach an ui ri smuaineachadh e ! N'am biodh tuarasdal idir dhoibh (agus b'fhiu am fear-oibrache a thuarasdal) bu choslach gur ann air son an cumail beo agus an aisig gu slainte bhiodh sin doibh, agus nach ann airson a bhi g'am marbhadh. Ach fluair an sgeul a bha'n so sgiathan an' tuath 's an deas, agus thog an spiorad ceannairccach, a thainig na' lorg, ceann ann an iomadh ait. Agus tha e soilleir gur breitheanas e tha'n cois na plaigne. Chaidh cuid do leighichibh, a bha aig an uile dhiochioll gu

maith a dheanamh do chreutairibh, agus a cur am beatha fein an cunnart le sin, a chlochadh mach á aitibh anns an robh an trioblaid. Ach dhearbh Dia a dhiomb' 's a ghruaim gu soilleir an aghaidh nan aitean anns an robh an lethid sin do ghniomharaibh maslach air an deanamh. Far nach robh a phlaigh fathast ach eutrom leag e ni bu truim' i; agus far an robh i, mar gu b'ann, a togail a h-iomraich, ghairm e air a h-ais i. Chunnaic mi fein so a tachairt ann an aitibh san taobh deas ann san do thachair dhomh a bhi aig an ám; agus chuala mi gu'n do thachair e an aitibh eile mar an ceudna. Biomaid, air an aobhar sin, fo cagal roi' bhi a brosnachadh an Tighearn gu bhi g'ar fiosrachadh fein air a mhodh cheudna. Is bronach leam maille ri sin a bhi 'cluinntinn gu'm bheil cuid a gabhail orra bhi 'g aicheadh gur e an trioblaid d'an goirear an Colera idir a tha ann. Tha aobharan aca airson sin. Tha an trioblaid a tha'n so a tarruing iomadh eigin is cruachas na cois. Tha i toirt air daonibh—cadhon cairdean agus luchd eolas—a bhi seachnadh a cheile. Tha i a toirt air falbh an 'sgoinn sa'm misnicheachd. Cha neil surd gniomha na gnothaich orra. Tha luchd ceard gun obair. Tha na straidean air an treigeadh. Tha buthan ionnan is air an dunadh. Tha gruaim air gach aodain, “agus tha'n luchd-caoidh a dol mun cuairt 'sna straideibh!” Tha na nithe, agus nithe eile a dh'fheudamaid ainmeachadh, a tha teachd an cois na plaighe so, a' toirt air cuid a bhi ga cleith, agus air cuid aile a bhi ga h-aicheadhl. Ach cha leisgeul idir iad so airson a bhi ga h-aicheadhl. Ann bhi a deanamh sin tha muinntir ag aicheadhl laimh an Tighearn innse, agus na h-aobharan brosnachaidh a fhuar e gu bhi ga lcagadh oirnn; tha iad a diultadh a bhi striochdadhl d'a laimh-san, agus a bhi air an iorasalachadh fuidhe: nithe a tha ro chunnartach, agus leis am feud Dia a bhi air a bhrosnachadh gus a trioblaid a

leagaadh n'is truime, air chor as nach gabh i aicheadh, ach g'an dearbh si i fein gu soilleir.

Ach tha a phlaigh air briseadh mach ! Aidicheamaid lamh an Tighearn innte, agus tuigeamaid ciod a tha am freasdal gruaimach so a' radh rinn. Is plaigh neo-ghnaichtc i. Cha neil thairis air cuig bliadhna deug o thaisbean si i fein ann au duchaibh an aird an Ear. Shiubhail i o'u nuair sin air a chuid mhor do'n Roinn Eorpa, agus thainig i fa dheireadh dh'ionnsuidh nan rioghachDSA—seadh, fa dheireadh—mar g'am biodh i ain-deonach air Breatainn fhiosrachadh, a chionn na tha aig au Tighearn innte, agus na tha air a dheanamh air a shon leatha. Ach tha e coslach g'an do bhuadhaich peacauna Bhreatuinn o's ceann a maithais, agus uime sin tharuing i a bhuile orra fein. Is cinnteach g'an d'fhuair Dia brosnachaidhean neo-ghnaichte 'n trah leig e plaigh cho neo-ghnaichte mach nar measg—plaigh air nach robh aithne aig sluagh a riabh gus a uis ! Is plaigh sgriosach i. Tha i a gearradh sios agus a sgathadh, cho mhor glan roimpe, nan ceudan 's nam miltean, mar arbhar an fhoghair. Se tha innte an speal, agus cha ne an corran. Is plaigh sgoailteach i. Tha i a siubhal o' righeachd gu righeachd, o' dhutaich gu duthaich, o' bhaile gu baile, o' theaghlach gu teaghlach, agus a fhear gu fear. Tha e soilleir g'am bheil nadur gabhaltach innte ; agus g'um bheil aon neach ga glacadh o' neach eile—ni a bhuiineadh a bhi a cur muinntir air an caithris roimh bhi dol fagusg dhi nuair nach eil gairm, ann an rathad dleasdanais, aca gu sin a dheanamh. Agus is plaigh craiteach i. Is craiteach a bhi a coimhead na muinntir a tha fulaug fuidhe. Tha iad air an glacadh le piantaibh, air an lcagadh sios gu h-obainn ; dh'fhalbh an luthse agus au neart ; theich an sgeimh 'san drcach ; tha an corp ga h-uile as an or-

dugh. O is cianail an sealladh e! Is craiteach, mar an ceudna, nach urrainn neach dol fagusg dhoibh, no am frithcalamh a dh'f heumadh iad a dheanamh dhoibh, gun e fein a chuir an cunnart. Is craiteach g'um biodh teicheadh aig na h-uilidh o'n mhuinnitir theinn—eadhon aig na cairdean as dilse, a thaobh cunnart am beatha. Agus is craiteach, an uair a rinn an trioblaid a gniomh fein, g'um biodh na mairbh air am fagail gun neach a chuireadh fo thalamh iad. Ach is nithe iad so tha 'g eiridh o nadur na trioblaid, agus a tha taisbeanadh gur trom a bhreitheanas i. Agus tha cuid gun teagamh, d'an ceisd, ciod a ni iad ann a lethid so do ghuiothach chuidromach—se sin, ciod is dleasdanas dhoibh. Ach theirinn air an so, mar tha e na fhiachaibh air na h-uile, gun iad fein a chuir an coinneadh a chunnairt gun ghairm bhi aca anu an rathad dleasdanas, air a shon. Air an laimh eile, an uair a tha a leithid sin do ghairm aca, (agus is cinnteach g'um bheil curam a ghabhail do'n mhuinnitir theinn agus do na mairbh na ghairm dhligheach ann fein) na scachnadh iad air chor air bith an dleasdanas. Rachadh iad na cheann g'an tilgeadh fein air an Ti as urrainn an gleidheadh—agus sin, aun an ceum ua dleasdanais—ach nach d'thug barrantas sam bith dhoibh g'um biodh iad air an gleidheadh mach ás a cheum sin. Agus cuimhnicheadh iad gur e a bhi mach á ceum na dleasdanais cunnart as mo na h-uile cunnart eile a tha iad ag iarraidh a shcachnadh.

Se so a phlaigh leis an d'fhiosraich Dia sinn aig an am—plaigh neo-ghnaichte, plaigh sgriosach, sgaoilteach, agus craiteach. Agus se a cheisd—Ciod a nis ar dleasdanas d'a taobh? Se gun teagamh ar 'nard dhleasdanas a bhi ag aidcachadh ar peacauna a dh'fhaisg a bhreitheanas a' laimh an Tighearn, agus a bhi pilcadh d'a ionnsuidhsan o'n deach sinn gu trom air

seachran. Mar bi an torradh so ga leantuinn, eia b'e sam bith a dh'fheudas Dia dheanamh na throcair air ar son, cha neil barrantas againn a bhi sealltuinn g'un tog e dhinn i. Ach dh' ainmich mi mar tha g'am bheil dleasdansan aimsireil mar an eeudna gus am bheil siun air ar gairm—agus se sin a bhi seachnadadh gach ni a chuireadh ar slaint an eunnart, agus gu h-araid a dheanamh buailteach sinn do'n trioblaid a tha so ; mar an eeudna, bhi cleachdamh nam meadhona a dh'fheudas a bhi feumail, agus a riim Dia feumail do chuid, a chum dion no leigheis uaithe ; agus chum na criche sin, seoladh is comhairle a ghabhail uathsan a tha air an euir a mach a chum a bhi nan luchd leigheis, agus d'am fearr as aithne no dhuinne na meadhonan a thigeadh dhuinne a ghnathachadh fo a leithid so do euslaint chráiteach. Oir anns cho fad is a muinntir a deanamh dearmaid na tareuis air na nithe sin eha'n urraiun iad a bhi saor o chiont an lathair Dhia. Tharruing fear coimhead a phriosain a chloidhe gu lamh a chuir na bheatha fein, an uair a choisg treocair e o'n ghniomh, ag radh ris—“Na dean cron sam bith ort fein.” Tharruing sinne, le ar peacannaibh, cloidhe na breitheanais a tha so 'nar 'n aghaidh fein. Tha e sinte o's ar ceann. Chaidh e sás ann an euid a cheana. Agus tha an treocair cheudna a labhairt ann ar eluasibhne, agus ag radh, “Seachainn an cloidhe ; na leum air fhaobhar ; na 'tig dluth dha. Na brosnaich mise gu a leagadh ort. Na dean cron sam bith ort fein.”

II.—Ach tha au Tighearn anns na briathraibh so, gun teagamh, a labhairt rinn d'a thaobh air 'n anamanna neo-bhasnhoir, agus a' toirmcasg dhuinne cron air bith a dheanamh orra-san.

Tha e fior gur ann do thaobh a ghniomh a bha fear-coimhead

a phriosain dol a dheanamh air a chorp, no a bheatha nadurach, a labhair an t-abstol na briathra, agus g'un robh iad, air an aobhar sin, gu soillcir a toirmeasg do'n duine cron sam bith, anns an t-seadh sin, a dheanamh air fein. Ach tha e soilleir, air an laimh eile, cia b'e air bith cron a dheanmh c air an doigh sin gur e gniomh is ciont an anam a bhiodh ann. Oir ciod a b'urrainn an corp a dhéanamh dh'casuidh an anam? Nach am o'n anam a tha na h-uile comas oibreachaidh aig? Ach maille ri so, bha an gniomh a bha an dnine dol a dheanmh a dearbh-hadh g'nn robh anam a cheana ann an staid caillte, cunnartach, agus mur biodh e mar sin nach rachadh c riabh an' ceann a lethid so do ghniomh cagallach. Air breithneachadh so do'n Abstol, uime sin, bha anam an duine aig, gu h-araidh, na sheall-leadh. Agus thuig an duine fein na briathra anns an t-seadh so, goirid an deigh sin, nuair a dhuisg Dia a chogaisg, agus a dh'fhoillsich e dha a choir caillte: oir se an cron a chunnaic e a bha c riabh a deanamh air fein, se sin air anam—agus cha b'c cagal sam bith a nis do thaobh a bheatha nadurach (oir chaidh an cagal sin thairis roimhe so) a lion le uabhairn is bron e, agus a chuir a cheisd chuidromach sin dhachaidh air anam—"Ciod as eigin dhomhsa a dheanamh a chum gu tearnar mi?" Agus ma bha na briathra a' labhairt ris-san anns an t-seadh so, nach cil iad a' labhairt ruinn anns an t-scadh cheudna? Nach eil ar'n anamanna neo-bhasmhor-nc an' cunnart cho ciimteach 'sa blia anam an duinc so? Nach eil an Dia a labhair ris-san iad an t-aon ni an diugh a bha e'nuair ud, araon a thaobh fhuath do'n phcacadh agus a thruas ri anam a pheacaich. Scadh, nach cile e—cha n'c mhain anns na briath-raibhse, ach air feadh na Firinn gn leir—a' deanamh soillcir dhuinne nach eil tlachd aig aon ar bás, ach g'nm b'aill leis gu pillcadh sinn agus gu biodh sinn air ar tearnadh? Agus nach

d'thng e na h-huile dhearbhachd air sin le a Mhac fein a chuir a dh'ionnsuidh an t-saoghal agus a thoirt thairis chum a bhás air ar son ?

Maille ri sin tha againn ri chuimhneachadh g'um bheil an t-anam luachmhor ; ni's luachmhoir gu mor na au corp ; ni's luachmhoir na an saoghal. Oir ciod an tairbhe, arsa Criod, “a tha ann do dhuine ged chosuadh e an saoghal uile agus anam fein a chall ? Agus saun dha-san a b'aithne a luach—a thug a bheatha fein na eirie air a shon. Se an t-anam an earrainn sin dhinn a tha neo-bhasmhor. Theid csteach do'n t-siorruidheachd an uair a theid an corp sios do'n uaigh. Agus cha chuir siorruidheachd gu h-uile an ceil a luach : oir cia aca bhios e truagh na sona—agus bithidh e an dara cuid no a chuid eile dhiu sin anns an t-seadh's iomlaiu—cha chuir an t-siorruidheachd crioch aon chuid air a thruaighe no air a shonas. O, nach creideamaid so ! Na'n robh sa air a chrcidsinn le iomadh cha'n ann a' caitheamh am beatha mur nach biodh anamanna ueobhásmhor aca, uo siorruidheachd rompa' a bhiodh iad, agus gun churam ach, “Ciod a dhitheas iad, ciod a dh'olas iad, agus ciod a chuireas iad umpa ?” Ach ma tha'n t-anam mar sò, luachmhor, am bheil aobhar agaiuu a bhi cur an teagamh gu'm bheil Dia a labhairt ruinn anus ua briathraibhse d'a thaobh an anam ? Am bhcil sinn gu bhi saoilsinn g'un toirmcasgadh c dhuinn cron a dheanamh do'u corp, agus nach toirmcasgadh c dhuinn sin a dheanamh do'n earrainn is luachmhor dhinn ; gu'n aithneadh dhuinn speis a bhi againn d'ar beatha nadurach, agus nach aithneadh e dhuinn an spcis bu mho a bhi againn da'r 'n ana-maib neo-bhasmhor ? Bu mhi-choslach an ni sin ?

Ach tha e ri thoirt faincar aig an ám chcudna, luachmhor

mar tha'n t-anam, g'um bheil c do thaobh nadur ann an staid chailte ; agus mar sin g'un d'riimeadh a chron mar tha. Chuir an diabhol a chloidhc—sc sin, am peacadh, an inueal mharbh-aidh a th' aig-sc—an sàs ann ar nadur, agus thug e lot báis dhuinn ann an leasraidh a cheud Adhamh. Tha sinn nar shiochd mharbh, uime sin, a teachd a dh' ionnsuidh an t-saog-hail ; araon marbh gu spioradail agus marbh san lagh. Tha sinn marbh gu spioradail, seadh, marbh ann an eucairtibh agus ann am peacannaibh, mar tha 'n t-abstol a' cur an ccill, (Ephes. ii. 1.) se sin, tha sinn dealichte o Dhia, tobair na beatha spioradail, gnn colas air, gun chomun ris, gnn ghradh, gun umh-lachd, gun urraim dha ; ach aig an àm cheudna, beo anns a pheacadh, agns beo dha ; se sin, tha sinn fo chnmhachd riagh-laidh, truallidh, agus oibr cachaidh a phcacaidh—cosmhuil ris a mhac stroighail a dh'fhalbh o' athair. Bha e beo, is fior e, ach cha b'ann do athair. Agns bu bhronach, truagh, a bheatha a bha aig. Uimc sin mheas an t-athair e bhi marbh agus caillte. (Luc. xv. 24, 32.) Se am peacach am mac stroighail. Ach tha sinn mar au ccudna marbh san lagh ; se sinn, fo bhinn bais, chionn briscadh an lagh ; oir is mallaichte, deir an Tighearn, “gach neach nach bnanich anns na h-uile nithibh a tha sgriobhta ann an leabhair an lagh, chum an deanamh.” (Gal. iii. 3, 10.) Agus tha a mhallaachd, no a bhinn bais so a tha na luidh air a phcacach g'a dhruideadh mach o' beatha, 's o' gach uile fhior shonas, agus g'a dhruidcadh steach fo fheirg Dhc ann an uin agus tre'u t-siorruidheachd. Se so staid gach anam do shliochd Adhamh do thaobh nadnir ; “staid peacaidh agus truaighe !” Do bhrigh a bhi ann an staid peacaidh tha 'n dninc gun chomas Dia a mhcaltuin, no sonas, no 'n neimh, ged lcig-cadh Dia a steach an siu e. Agus do bhrigh e a bhi ann an staid truaighe, se sin, fo fheirg agus fo mhallaachd Dhia, tha e

air a dhruideadh mach o choir air gach treocair is sonas, seadh,
 air a dhruideadh steach mar ann am priosan, fo bhinn bais,
 feitheamh air latha an sgrios ! O faicibh ciod a rinn am peacadh
 oirnn ! Mhill e ar nadur ; dh'fhag c'inn buailteach do'n
 bhas shiorruidh ! Bi so a phlaigh, 's cha n'c a phlaigh a tha
 an diugh 'nar measg, no plaigh air bith eile leig Dia mach air
 cloinne nan daoine. So a phlaigh a thaining steach oirnn gu
 moch, a thruaill 'sa mhill ar nadur, cedar anam agus corp. So
 a phlaigh a shiubhail air na h-uilibh, agus o nach deachadh
 anam a riabh as. Cha'n eil earrainn do'n t-saoghal air nach do
 shiubuail i. Cha'n eil linn do'n t-saoghal anns nach robh i ag
 oibreachadh. So a phlaigh a tha do-leigheasach air an taobhsa
 do'n fhuil a chaidh dhortadh, agus airson nach eil Leighich air
 an taobhsa do'n Ti a dhoirt an fhuil sin. Ach so a phlaigh tha
 'cur nam milltean do'n t-siorrndheachd, 'sa tha dol steach nan
 cois an sin, agus a leanas riu, 'sa luidheas orra tre shaoghal na
 saoghal ! O, nach iarramaid a bhi air ar leigheas uaithe. Tha
 e nadurach dhuinn, agus tha e iomchuidh, a bhi ag iarraidh
 leighis o'n phlaigh a tha nis 'nar measg, ach ciod ged ghreibh-
 camaid sin ? Ma theid sinn dh'ionnsuidh na siorruidheachd leis
 a plaighse na'luidhe oirnn, b'fhearr dhuinn an sin nach robh bith
 riabh againn mar chreutairibh reasontach ! O, cia lionmhор iad
 air an cuir plaigh a Cholera eagal, air nach do chuir plaigh a
 pheacaidh fhathast cagal—a phlaigh luidh air ar nadur o'n
 leagadh, a thug air falbh ar luth 's ar neart, ar cruth 'sar
 maisc, mar chreutairibh naomh, agus a tharruing am bás oirnn
 anns na h-uile seadh ? Cia lion iad an diugh a bhcireadh na
 tha aca do'n t-saoghal—agus an saoghal fein nam biodh c aca—
 airson saoradh o'n Cholera, nach d'thug riabh uair do'n uin, no
 aon urnaigh no osnadh seachad ann am firinn airson saoradh o
 phlaigh uabhasach a phecaidh—scadh, agus a bha riabh a

diultadh an Ti a choisinn saorsa le fhuil fein, agus a tba g'a tairgse dhoibhse? An rig sin leas dearbhachd sam bith eile, ach so, iarraigdh air staid chailte an dnine d'a thaobh naduir? An urrainn comhara ni's soilleir a bhi air na so? Ach ged tha an t-anam a cheana ann an staid chaillte, cha 'neil a staid thar leasachadh. Na'm biodh, cha robh feum a bhi seirm nam briathra so na chluasaibh—Na dean cron sam bith ort fein. Tba e marbh, mar thuibhaint sinn, air mhodh spioradail, agus mar an ceudna marbh san lagh. Ach cha neil e marbh anns na h-uile seadh, c'eo fad sa tha e air an taobhsa do'n t-siorruidh-eachd. Sann an sin bhios a staid air a dhaingneachadb gun atharrachadh, gun leasachadh, tuille. An sin “an ti a ni eucair deanamh e eucair a ghnàth, agus an ti tha salach biodh e salach a ghnáth.” An' so tha e mar dhuine fo euslaint throim, gun chomas gniomh no obair, ui's mo na tha aig an fhear a tha san uaigh; ach o'm feud e bhi air a leigheas agus air aisig gu slaint is neart. An' sin tha e mar an duine tha san uaigh, aig an deach a chuis thairis. An' so tha e fo bhinn a bháis a dh'fheudas a bhi air a togail dheth, agus au lorg am feud e bhi air aisig gu beatha 's saorsa. Ach an' sin tha a bhinn air a cuir an gniomh, agus cha bhi aisig tnille gu beatha no atharrachadh air a chuis. Am fad 'sa a tha an t-anam, uime sin, ann an tir dochuis, agus an taobh stigh do chriocheibh treocair, feudaidh atharrachadh a bbi air a dheanamh air a staid. Sann a chnm so a chuir Dia slanuighear dh'ionnsuidh an t-saoghal, a dh'ullaich e slainte, agus a tha e sincadh mach latha gráis do'n pheacach. Feudadh, air an aobhar sin, mar thuibhaint mi, atharrachadh a bbi air a dheanamh fathast air a staid—atharrachadh gràsmbor anns am biodh eiont gach cron a bha e riabh a' deanamh air anam air a mhaiteadh, agus a nadur air a leigheas o bhi tuille a' deanamh a chron cheudna air fein. Nach 'tig-

eadh dhuinn, uime sin, a bhi saoradh na h-aimsir agus a bhi deanamh feum iomchuidh do mheadhonaibh nan gráis; seadh, a bhi saoradh na mionaid a tha lathair gun a bhi a' cur earbsa a mionaid a tha romhainn, a thaobh nach eil fhios againn ciod a bheir lá a mach, agus ma theid na cothroman thairis, agus an t-anam steach do'n t-siorruidheachd gun Chriosd, nach bi leas-achadh tuille air a staid? Agus bitbidh siorruidheachd aig an' sin, (agus measadh e fad gu leoir i,) gu a bhi 'gul, gu'n do mhill 's gu'n do chaill e là na slainte! Thigeadh dhuiuu, mar an ceudna, a bhi 'cuimhneachadh ma tha an t-anam, mar thubhairt mi, a cheana ann an staid chaillte, gur e an ceud ni a bhuiineadh a bhi na churaim oirnn, g'am biodh e air a shaoradh o'n staid sin, dh'easuidh uach bi e ach a' deanamh a chron fein am fad 'sa tha e eir thalamh. Tha so a' dol an aghaidh creidimh agus diadhachd cnid, (agus tha eagal orm aireamh ro lionmhoir) a tha do'n bharail ma ni iad a ni's fearr a dh'fheudas iad; no co dhiu, ma choimheadas siad iad fein o mhór olc a dheanamh, anns an uin a tha rompa, nach h-eagal doibh? Se so na gheibhear do churam air daoinibh do thaobh naduir, agus air am bi an smuainte a' siubhal an uair a bhios curam na smuain idir teachd a steach orra mu'n chuis; gun a bhi a' cuimhneachadh g'um bheil call an anam deanta mar tha, agus mar bi e air a shaoradh o'n chall sa chron a rinneadh air, g'um bu cho maith do'n duine a tha fo ghalar bàis a bhi a' gealltuinn slainte dha fein anns na tha roimhe, le a bhi a' cuir air fein g'un dean e an ni as fearr a dh'fheudas e air a leabaidh, an uair a tha e a' diultadh an Leighis; no an duine a tha fo bhinn bàis a bhi a' gealltuinn saorsa dha feiu, le bhi a' runachadh nach deanamh e nis olc anns na bha roimhe, ach gu'n giulanadh se e fein cho maith 'sa b'urrainn da am fad sa bha e fhathast sa phriosan, gun saorsa gun mhaiteanas fhaotuinn o'n Righ—

gu'm bu cho maith, tha mi ag radh, do dhaoinibh ann leithid sin do staid, a bhi a' gealltuinn slainte na saorsa dhoibh fein, le ui sam bith a dhcanamh iad, agus do'u pheacach a bhi saoilsinn am fad 'sa tha a staid 'sa nadur gun atharrachadh, gu'n deanamh e, na gu'm b'urrainn e ni a dheanamh, anns am biodh feum no stá. Cha b'urrainn e, le ni a dheanamh e anns na bha roimhc, leasachadh a dheauamh air na chaidh seachad, agus cha mho a dheanamh e anns an uin a bha roimhe, ach mar rinn e anns na chaidh seachad, mar biodh atharrachadh air a dhcanamh air a nadur.

Mar so tha sinn a' faicinn, cha ne mhain o na briathraibh fein, ach o'u bheachd a tl a ri ghabhail do'n anam neo-bhas-mhor mar an earrainn as luachmhoir do'n duine—o'u staid chailte anns am bheil e, agus o'n leasachadh a dh'fheudas fhathast a bhi air a dheanamh air a chor, gu'm feud sinn a bhi meas g'um bheil Dia a labhairt ruinn anns na briathriabh, do thaobh ar 'nanamuna, cho maith agus do thaobh ar cuirp, agus auns an t-scadh sin ag radh ris gach aon air leth againn—“Na dean cron sam bith ort fein !”

Ach ciamar tha daoine (their thu) a' dcanamh cron air an anamaibh, agus mar sin a' dol an aghaidh aithne 's ughdarrais Dhe anns na briathraibh ? Agus an so, gu'n bhi ag aiuimeachadh nithe cile, bhcirinn fainear g'um bheil tri doighcan, gu h-araid, anns am bhcili iad a deanamh sin, agus g'a dhcanamh (mur bi iad air am bacadh trá) gu am milleadh siorruidh fein !

1. Anns a cheud ait : Tha daoine a deanamh cron air an anamaibh le a bhi a' dol air an aghairt agus a buanachadh anns a pheacadh. Is fior nach eil duinc beo nach eil a' peacachadh.

Ach tha cuid air an toirt gu bhi g'a threigeadh, 's cur na aghaidh, ged eil iad g'a fhaotuinn ag oibreachadh anna, agus aig uairibh air an glacadh leis. Ach cha'n aun umpa-san a tha sinn a labhairt, ach mu'u chuid a tha beo ann, agus d'an toil-inntinn e. Agus mo thruaighc, gu'in bhcil an comhradh 's an caitheamh-beatha ag innseadh gur iad a chuid as lionnhoir! Tha an t-anam mar tha, mar thug mi fainear, anu an staid chailte. Agus cha neil ceum a tha am peacach a dol air aghairt anns an staid sin, na peacadh a tha e' cur an gniomh, nach eil e, mar gu b'ann, a' sathadh a chloidhe ni's faide is ni's faide steach gu anam—oir is cloidhe d'a rireadh am peacadh—agus mar sin a dol air aghairt ann an obair uabhasaich an fhein-mhoirt, cho fad as a tha e buanachadh anns 'a pheacadh. Tha e aig an am cheudna g'a chruadhachadh fein ni's mo san t-slighe, a' dol ni's faide o Dhia, agus ni's faisg air ifirinn—seadh, agus a brosnachadh Dia gus an t-sriann a leighcadh mu 'mhuiueal, agus fhagail dha fein gus an rig e an t-ait anns nach bi leasachadh air a chor. O, nach creideadh peacaich so, a tha dol air an aghairt gu dana anns a pheacadh! Creid e, fhir na misge; creid e, fhir na' mionnan; creid e, fhir na neo-ghlainne; creid e, fhir brisidh na Sabaid; creid e, thusa, cia b'e air bith thu, a tha beo ann am peacadh air bith, agus a gabhail tlachd na toil-inntinn ann. Na biodh neachl agaibh g'a chumail fein ann am fois le a bhi gealltuinn dha fein g'um pill e fhathast. Cha'n cil gealladh o' Dhia dhuit airson sin. “An diugh, an diugh,” tha e ag' radh, “ma chluinneas sibh mo ghuth na cruadhaichibh ar chridheachan.” Agus mar as fhaide theid thu air t-aghairt is ann as durradh dhuit pilleadh, ged bhiodh pilleadh na do chomas feiu. Ach ma bheir Dia thairis thu, agus ma their e uach bi a Spioraid a' strigh ruit ni's faide (an ni a dh'fheudas e ann an ceartas a dheanamh) an sin is ni cinnteach

nach pill thusa tuille. Ni mo na biodh neach agaibh a gabhail fois dha fcin le a bhi saoilsinn a thaobh nach eil esan dol a mach anns na peacannaibh anns am bheil cuid eile mu'n cuairt dha, air an aobhar sin nach eil e cho chiontach riusan. Thaobh nach cil fear nam mionnan air a thabhairt do'n mhisge, na fear brisidh na Sábaid do'striopachas, agus mar sin, na saoileadh e nach cil c, air an aobhar sin, cho chiontach riusan, agus na fhcar moirt air fein mar tha iadsan. Tha peacadh air bith a' milleadh 'sa morta an anam. Agus cha'n eil eadar-dhealachadh eadar aon pheacadh agus peacadh eilc, ach mar tha eadar aon chloidhe agus cloidhe eile. Tha cloidhe caol agus cloidhe leathainn ann ; agus cloidhe fad is cloidhe goirrid ; ach marbhaidh aon dhiu so cho cinnteach ris an aon eile. Thugadh luchd nam peacanna uaignach agus nam peacanna cridhe an aire, ged a bhiodh iad stuaim agus glan o'n taobh a mach am fionnus dhaoinc, nach bi iad a gabhal solais dhoibh fein, a thaobh nach cil iad mar muinntir eile, dol a mach ann am peacadh follaiseach air bith. Marbhaidh an sgiann no a' chor-eag tha thu ag iomhair na d'uchd cho chinnteach ris a chloidhe. Agus ciod e an solas as urrainn a bhi ann duitse, a bhi smuaineachadh, an uair a tha muinntir eile a' cur sas anna fein an cloidhe, gur e tha agadsa an sgiann ?

Ach, O, smuainicheadh sibhse uile, tha dol air ur 'n aghairt ann am peacadh air bith—peacadh uaigneach na foillaiseach, peacadh cridhe na slighe—ciod a tha sibh a deanamh. A' cur a chloidhe steach gu bhur cridhe, a' dol air ur 'n aghairt ann an obair an fhein-mhoirt ! Ghabhadh sibh truas ris an neach, mar bha fear-coimhead a phriosain, a' chitheadh sibh a' tarruing a' chloidhe gu a chuir sas ann fein ; seadh, chriothnaicheadh sibh roimh an t-sealladh, agus bhacadh sibh c na'm b'urrainn

dhuibh. Agus an do ghabh sibh riabh truas ruibh feiu ; an do chriothnaich sibh ; an do stad sibh ; no an d'eigh sibh ri Dia stad a chuir oirbh o' bhi a' cur a chloidhe steach gu bhur 'n anamaibh—an ni a bha sibh a deanamh anns gach mionaid d'ur beatha cha 'n seachad ? O, stadaibh tra ; air neo mar stad, soraidh le 'ur slainte, soraidh lc 'ur sith, agus soraidh lc 'ur sonas siorruidh ! Ciod an toill-inntinn as urrainn a bhi agaibh sa pheacadh gu'm biodh sibh a milleadh 'ur 'n anmanna ris, agus gur 'n ullachadh fein leis, mar chouïadh, airson an teine shiorruidh ! Agus ciod an sonas as urrainn a bhi agaibh ann —ged a bhiodh fior shonas ri fhaotuinn ann, an ni nach eil— an ciun-coinneadh, air an dara laimh, ri doruinn shiorruidh, a thig gu cinnteach na lorg ; no air an laimh eile, ri fabhair, is comuinu, is lathareachd Dhe, a mheallas iadsan gu saoghal nan saoghal, a philcar o'm peacannaibh ! O, pillibh uime sin, cuimhar rachadh sibh a dhith. Cluinuibh an Tighearn a labhairt ruibh agus ag radh, “Cia fhad a dhaoinc baoghalta, a ghradhaicheas sibh baoghaltachd, agus a ghabhas luchd-fochaid tlachd na'm fochaid, agus a bheir amadain fuath do eolas ? Pillibh ri'm achasan ; feuch, doirtidh mi mach mo Spiorad dhuibh ; ni mi aithnichte mo bhriathra dhuibh.” Ach mur pill sibh cluinnibh ciod a their e, “A chionn gu'n do ghairm mise, agus gu'n do dhiult sibhse ; gu'n do shin mi mach mo lamh agus nach d'thug duine sam bith an aire ; ni mis mar an ceudna gaire ri 'ur sgrios sa ; ni mi fauoid 'nuair a thig 'ur 'n eagal. 'Nuair a thig 'ur 'n cagal mar fhasachadh, agus a thig 'ur leir-sgrios oirbh mar iomaghaoith ; 'nuair a thig amhghar agus cradh-cribhe oirbh. Ann sin gairmidh iad ormsa, ach cha f hreagar mi ; iarraigdh iad mi gu moch, ach clia'n fhaigh iad mi.” (Gnath-Fhoc., i 22—28.) “Treigeadh,” uime sin, “an t-aingidh a shlighe, agus an duiuc cucorach a smuainte, agus

pilleadh e ris an Tighearn, agus nochdaidh e treocair dha, agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu paitl.” (Isa. lv. 7.)

2. San dara ait : Tha iadsan a' decanamh cron air an anam-aibh fein a tha beo ann am mi-churaim mu'n tiomchioll. Ma tha an t-anam, mar thubhairt mi a cheana, ann an staid thruagh, chailte, do thaobh naduir, is bronach gu'm biodh creuitairean gun churaim cia mar bhiodh iad air an saoradh o'n staid sin. Is bronach g'um biodh daoine ri codail agus an tigh a' dol na thcine m'un cluasaibh ; ri codail 's an longa dol fodha 'sa chuan ; ri codail san cloidhe sinte ri'n uchd, seadh, air dol sas annta ! Tha mi-churaim a' milleadh nam miltean. Tha iad dol do ifirinn na'n suain, gun churam, gun eagal, roi'n cunnart, gun fhios a bhi aca ciod a tha rompa, gus an duisgear iad ann an lasraichibh siorruidh ! Agus mo thruaigh, gu'm bhcil iomadh mar so a' caitheamh am beatha mar so air thalamh, cosmhuil ri aimhidhean na machrach, aig nach eil auamanna ri thearnadh no ri chall ! A caitheamh an inntinn, an smuaintean, an curaim, an cothroman, an uin, agus an saothair, ris an t-saoghal a tha lathair, agus ris na chuireas iad umpa is annta ; mar nach biodh saoghal eile rompa, na crioch eile air son an do chuireadh dh' ionnsuidh an t-saoghailse iad, ach gu bhi beo air son na bronna na airson a chuirp, a bhi os gu goirid na bhiadh do na daolaibh ! Cha'n eil iad so a creidsinn an cunnart, na aig an diochioll as lugha gu eolas a ghabhail air an staid chaillte. Tha cuid dhiu nach tig a dh' eisdeachd an fhocail ach ro ainmic, ma thig iad idir ; cuid eile a thig, ach gur beag an leisgeul a chumas aig a bhaile iad. Tha an la fliuch ; na cha'n eil eu-dach na coiseard * aca ; na tha iad sgith an dcigh oibir na

* cois-eideadh.

seaehdain. Agus le an lethid sin do leisgeulibh tha iad g'an riaraehadh fein. Tha cuid eile a ehithear na h-uile lá Sábaid san eaglais, ach a shuidheas fo an teagaisg mar naeh biodh anmanna aca. Cha neil eluas aca do na tha iad a' cluintinn, ach nan leth-ehodal, (agns tha cuid dhiu a shocraicheas iad fein gu cnámhan a ghabhail dheth.) Cha neil togail aea. Cha neil gleidheadh aea. Dh'fhag iad am foeail far an eual iad e. Is luehd eisdeachd taobh an rathaid iad. Dh'ith na h-eunlaith suas an siol. Cuir ceisd riu mu thiomchioll an anam neobhasmhor, na ciod a tha iad a deanamh air an son, agus their euid dhiu riut, “Och eha d'fhuair sinn sgoil na ionnsachadh 'nar 'n oig, agus cha 'n urrainn mor eolas a bhi againn,”—cuid eile, “cha neil againn fein ach fior dhroch cuimhne, agus tha sinn an duil nach agair Dia sinn airson an ni naeh d'fhuair sinn;” cuid eile, “Cha leig an saoghal leinn ; tha e g'ar cumail 'nar drip ;” cuid eile, “Cha 'n urrainn sinn ni a dheanamh dhinn fein, mur dean an Tighearn e. Feumaidh sinn, uime sin, fuireach gus an tig ámsa ;” agus euid eile, “Tha sinn an duil naeh eil sinn diehuimhneach air an anam, ged nach eil sinn a deanamh mor fhuaim leis a ehuis, mar tha cuid a' deanamh ;” agus mar sin sios. 'S iad so cuid do na leisgeulibh leis am bheil ionadh g'am fulasgadh fein na'n codal, agus mar sin a dol n'an suain an coinneamh na siorruidheachd ! Ach, O, a ehuideachd, an seas na leisgeulean so fa dheireadh ? An seas iad anns a Bhreitheanas ? An seas iad aig uair a bháis ? An seas iad eadhon ri dusgadh coguis ? An do sheas iad aig fear-eoimhead a phriosain nuair a dh'fhoillsich Dia a staid ehaillte dha, agus an uair naeh b'urrainn e fois a ghabhail, gus am faigheadh e mach cia mar rnigeadh e air tearnadhl ? O, a chlann a inhi-churaim sa ehodail spioradail smuainichibh, uime sin, air bhur cunnart ! Cha neil 'ur eunnart ni's lugha chionn nach eil

sibh g'a chreidsinn no g'a fhaicinn. Sann tha e ni's mo. Duisgibh, uime sin, às 'ur suain ! Chaidh an claidheamh chean sàs annaibh. Agus am fad sa tha sibh ri fois is codail cha'u iarr sibh a spionadh a mach, ach sann bhios sibh ga shathadh ni's faide steach ! O na leanaibh ris a chodail gus an toir sibh an sathadli deireanach leis, agus nach bi leasachadh tuille air 'ur cor ! Duisgibh ; biodh eagal oirbh roimh 'ur mi-churaim 's 'ur fois. 'S iad so cunnart as mo no na h-uile cunnart eile tha co-cheangailte ri 'ur staid. Duisgibh, mu'n coidil sibh codal a bhàis. Tha Dia nis, air mhodh neo-ghnaichte, g'ur gairm gu dusgadh. Bha e fad a' labhairt ribh le fhocal is le a thcachd-airibh, agus chum iomadh agaibh cluas bhodhar ris. Bha e labhairt mar au ceudna ri cuid le amhgharaibh is trioblaidibh ; ach 's beag torradh a thug iad uile a mach. Tha e nis a labhairt ruibh le guth eile—agus guth uabhasach—a' cur air, mur cluinn sibh gu'm fairich sibh. Tha a phlàigh air dol a mach. Tha i aig 'ur dorsaibh. Tha i a' leagadh thall sa bhos ! Duisgibh, mu'n gearrar ás sibh leatha, agus sin gu h-anabuich ! Ma sguabas i leatha sibh auns an staid s'am bheil sibh cha chuir siorruidheachd an ecill 'ur truaighe. Ma theid i seachad oirbh, agus gu'm fan sibh n'ur codal, sann bhios 'ur codal ag antromachadh 'ur cionta, agus gur'n abuchadh ni's mo airson nan truaighe do-labhairt a tha romhaibh, agus nach gabh dol seachad. Is truagh iad a choidleas fuidhpe. Is truagh iad a choidleas a mach i ! Uime sin, deir an Tighearn, “Mosgail thusa tha a'd chodal, agus cirich o na marbhaibh, agus bheir Criost solus duit.” (Eph. v. 14.)

3. San treas ait, agus san ait mu dheireadh : Tha daoine a' deauamh cron---agus mor chrou---air an anamaibh, le a bhi a'

diultadh na slainte, agus an rathaid leigheas a dh'ullaich Dia air an son.

Thug sinn fainear mar tha g'am bheil gach uile dhuine, do thaobh naduir, ann an staid chaillte thruagh, air chor as mar sealladh Dia na throcair air, nach robh leasachadh gu siorruidh air a staid, ni's mo na air staid na'n aingeal a thuit, agus nach do choimhead an ceud inbhe. Ach dh'ullaich Dia ann an doimhneachd a thruais agus a ghliocais rathad tre am feudadh daoine caillte bhi air an saoradh—agus sin air mhodh a tha freagarrach ri onoir an lagha—(air an do bris an duine) agus ri gloir uile bhuaidhean a naduir; air chor as gu'm bheil e ri fhaicinn ni's glormhoir', agus gu'm bheil ni 's mo do ghloir aig, ann bhi tearnadh an duine, na ged bhiodh a cheartas a gabhlail dioladh dheth tre linnibh na siorruidheachd! Se an rathad a bha sin, gu'n do chuir Dia a Mhac fein dh' ionnsuidh an t-saoghal, chum le ar nadur a ghabhail, agus seasamh an áit nam peacach, gu'n ardaicheadh e an lagha, gu'n dioladh e ceartas, gu'n gloiricheadh e uile Bhuaidhean na Diadhachd; agus le umhlachd is fhulangas, gu'n d'thugadh e steach fireantachd shiorruidh airson nam peacach. Agus cho-lion Chriosd an obair a thug an t-Athar dha mar so ri dheanamh. Is obair chrioch-naichte i nis, agus obair anns am bheil toillteanas neo-chrioch-nach; oir se tha ann obair dara Pearsa na Diadhachd ann ar nadur: obair anns am bheil toillteanas an lorg am feud Dia, air mhodh tha chum gloir a naomhachd sa cheartais, a bhi tearnadh nam peacach as truaighe tha mach á ifirinn, agus a bhi buil-achadh orra uile bheannachdan na slainte—seadh, gràs is gloir! Si so an t-slainte a dh' ullaich Dia airson nam peacach—slainte tre fhuil a Mhic fein! Slainte iomlan, slainte shiorruidh! O, nach gabhamaid iongantas, nach biomaid bàithte

ann an iongantas, ris a ghradh sin ann an Dia a dh' ullaich a leithid so a shlanuighear, 's o'n d' eirich a leithid so a shlainte gradh air nach eil tomhas, ach gloir Pearsa Chriosd, agus toill-tecanas neo-chriochnach na fola a dhoirt e ! “Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal—gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein.” (Eoin, iii. 16.)

Agus tha an t-slainte so air a taigse dhuinn le Dia anns an t-soisgeil—air a taigse gu saor, gu'n airgiod agus gu'n luach—air a taigsc do na h-uilibhe, gu'n eadar-dhealachadh sam bith bhi air a dheanamh—air a taigse do na h-uilibhe mar pheacaich—seadh, do na peacaich is mo tha mach á ifrinn. (Faic, Isa. i. 18, agus lv. 1-3.) Cha ne sin a mhain ach tha Dia 'gar gairm gu gabhail rithe, agus gabhail rithe tre chreideamh ; se sin, tre bhi creidsinn teisteach Dhe 'na fhocal da taobh ; a' creidsinn gur esan a tha labhairt, gu'm bheil e labhairt ruinne, agus a nochadh Chriosd a mach dhuinn, agus uile bhcannachdan na slainte annsan—seadh, gu'm bheil e ag aithne dhuinn creidsinn 'na Mhac, air chor as nach urrainn duinn esan a dhíultadh gun a bhi deanamh tarchuis air tiodhlac do-labhairt Dhe, agus a bhi ciontach a easumhlachd dha. Tha na nithe so air an cumail a mach dhuinn cho soilleir air feadh an Scriobtuir, as gur gann gu'm bheil feum air mi 'ainmeachadh earrannain fa leth a chum a bhi g'an daingneachadh dhuibh. Ach feudaidh sibh sealltuinn ri Eoin iii, 14-18-36 ; 1. Tes. ii. 13 ; 1. Eoin iii. 23.

A nis nach cile iadsan uile a tha diultadh Chriosd agus na slainte tha ri fhaotainn annsan a deanamh eron orra fein san t-seadh is cudthromaich ; nach eil iad nan luchd moirt air an anamaibh ? Bha iad a riabh, mar gum b'ann, a' cur a chlainthe steach gu an cridhe. Thug iad lotan domhain, lotan báis,

dhoibh fein leis. Ach an so tha leighich air ullachadh le Dia tha araon comasach agus toilleach gus a chlaidhe a spionadh a mach ; agus aig am bheil an iocshlainte a leighiscas an lotan gu h-uile, agus a ni cho slán iad isgar nach biadh iad riabh air an lotadh. Tha an Leighichse g'an gairm d'a ionnsuidh. “ Thigibh a'm ionnsuidhsa,” arsa Easan, “ sibhse uile a ta ri saothair agus fo throm uallaich, agus bheir misc fois dhuibh.” (Mat. xi. 28.) “ Scallaibh riumsa, agus bithibh air bhur tearnadh (no air bhur leigheas) o' uile iomalla na talmhainn ; oir is mise Dia, agus cha neil athairrachadh ann.” (Isa. xlvi. 22.) Tha an lethide so do ghairmibh grasmhor a cur an ceill truas Chriosd ri peacaich, a ghradh dhoibh, agus durachd a chridhc gu'm biodh iad air an tearnadh ; agus na'n robh na nithe so air an creidsinn lc peacaich bhuadhaichcadh iad orra, agus bhiodh iad na meadhonaibh gu bhi ga'n talaidh 's g'an tarruing a dh' ionnsuidh Chriosd. Ach nach eil c soilleir, mar thubhairt mi, g'un bheil na h-uile a tha diultadh Chriosd nan luchd-moirt air an anamaibh fein ? Nach eil an duine a tha diultadh an loin a ghabhail, a tha na thairgse, ma tha c dol bas do'n ocras, a' cur laimh na bheatha fein ? Nach eil an duine a tha air leabaidh na h-euslainte, a tha diultadh an lcighis, ma tha c basachadh sa chor sin, a cur laimh na bheatha fein ? Agus nach eil iadsan a tha diultadh an loin spioradail, agus an leighis a dh' ullaich Dia air an son, a cur laimh a'm beatha an anam anns an t-scadh as uabhasaich ? Agus mar nach bu leoir leo am morta rinn iad orra fein lc am peacan-nibh cil uile, ach a bhi a cur riusan peacadh moirteil an caschreidimh, lcis am bheil iad a diultadh an Fhir a shaoradh o'n uile chiont iad, a spionadh an claidhe as an uchd, a leighiseadh an lotan, sa bluilibeachadh slainte agus beatha shiorruidh orra ! Seadh, agus mar gu'm biodh iad ag radh ris (oir se sin cainnte an cridhe san cleachdaimh,) “ Leig leinn ; na mill ur sith



inhealltach, na air toil-inntiuncan pheacaeh oirnn. Is fearr leinn a bhi beo mar tha siun : agus do thaobh na tha ronhainn, gabhaidh sinu ar cunnart do'n sin. Leig leinu. Imich as ur tir !”

Agus nach lionmhor iad a tha mar so a diultadh Chriosd—a diultadh an Leighich agus an leigheas le chile ? Naeh eil a chuid mhor do luchd eisdeaehd an t-soisgeil ann ar la eiontach as a pheacadh uabhasaeh so, am peacadh damnaidh os eeann gach uile pheacadh eile ! Tha euid ga dliultadh le bhi a saillsinn naeh eil au galar cho domhain, na cho cunnartach as a tha cnid a cumail a maeh, agus uime sin nach eil mor fheum aca air an Leighieh—cuid eile, le an eeangal ri peaeadh—cuid eile, le au eridhe a bhi san t-saoghal—cuid eile, le spioraid na fein fhireantachd, ag iarraidh an gniomhara's an deagh-oibracheau a thoirt leo a dh' ionnsuidh Dhe—agus cuid eile le a bhi fantninn gus am faigh siad iad fein n'is iomchuidh airson Chriosd. Cha neil mothachadh gu leoir aca air peaeadh, mar their iad, agus na'm biodh ghabhadh Criod riu. Cha neil iad a faighiun creidimh annta fein—seadh, no aithreachas no irioslachd, no fior fhuath do'n pheacadh, no comhara maith air bith orra feiu ; agus cionnus a bhithid ag iarruidh orrasa bhi a' gabhail ri Criod, na eionnus a shaoileadh iad (mar their iad fein) gu'n gabhadh Criod riusan ann an leithid so a staid ? Mar g'am b'e na nithe so a bhi aca, am barrautas gu bhi a' gabhail ri Criod, agus naeh b'e taиргse shaor Dhia dheth ains an t-soisgeil ? Tha aon ni na ni eile, mar so, a' eumail iomadh o bhi dunadh ris. Aeh se a tha'n so uile oibreahadh an eas-creidimh, cha n'e mhain a tha mar an claidheamh leathan da-fhaobhar, leis am bheiliad ga'm mortadh fein, ach mar an ceudna, tha mar an sgiath leis am bheil iad a dion cridhe duin' a pheacaidh san leth a stigh, agus

a' bathadh saighdean an lagh is gairmean an t-soisgeil le eheile ! Gu'n dearbhadh Dia air iomadh 'nar measg, cha n'e mhain truaighe ach cionta—mor-ehionta an eas-chreidimh. Cha neil e na theagamh leo-san a fhuair suilean gu bhi faicinn sin, uaeh e peaceadh diultadh Criod, agus dimeas air an t-slainte a choisinn e, am peaceadh os eeann iomadh peaceadh eile airson a'm bheil eomhstri aig an Tighearn ruinn. Tha a bhreitheanas muigh. Tha an t-slat air a leagadh oirnn. Agus mar bi an tuille meas air a chuir leinne air a thiodhlac do-labhait, tha aobhar a bhi creidsinn gu'n sgiurs e ni's geire 's ni's geire sinn. O, tuigeamaid, uime sin, ar eiout is ar dleasdanas, fo'n flreasdal ghruaimach so leis am bheil Dia g'ar fiosrachadh.

Ach focal riusan a tha dinltadh Chriosd, agus an sin co-dhunaidh mi. Thubhairt na daoine ri fear-coimhead a phriosain, an deigh dhoibh aithne dha gun eron a dheanamh air fein, “Tha sinn uile an so.” Agus thug mi fainear, le fantuinn mar so sa phriosain, an uair a dh' fheudadh iad an saorsa a ghabhail, gu'n do dhearbh iad an speis a bha aca do bheath an duine, agus an durachd gu maith sam bith a dheanamh dha a bha na'n comas. Aeh se bha 'n so truas agus treoeair Dhe a chum iad gun fhalbh, agus a bha labhairt trompa ris an duine. Agus air a mhodh cheudna tha trocair Dhe ann an Criod, a ghradh shiorruidh do shaoghal caillte ; tha fuil a chrathaidh, tha an Spiorad Naomh, tha uile mheadhona nan gras, mar gu b'ann le aon ghuth, ag radh ruitse a tha diultadh Chriosd, “Tha sinn uile an so.” “Tha sinn aii so,” mar gu'n abradh iad, “a' feitheamh chum a bhi grasmhor dhuit ; feitheamh gu do shaoradh, gu do naomhachadh, 's gu do bheauanachadh le sonas siorruidh.” O smuaiuich eiod iad na h-aoidhean gloirmhor tha mar so aig do dhorus ! Gabh riu. Na euir air falbh iad. Na eignich iad gu

dealachduin ruit, agus do thabhairt thairis do lamhaibh ceartais. Ma dh' cignicheas, cuimhnichidh tu anns an teine shiorruidh—agus bithidh c goirt dhuit a bhi ga chuimhneachadh—gu'n robh an uair anu amus an dubhaint iad ruit, “Tha sinn uile an so !”

Ach, gu bhi a co-dhunadh gu h-aithghearr, bhcirinn faincar,—

Auus a cheud ait : Gur e iadsau a fhuair aithne air luach an anam, agus a chaithd a dheanamh glic a chum slainte, aig am bi fior mheas air an cuirp agus air am beatha nadurach. Tha e fior gu'm feud daoine gun Chriosd a bhi curamach mu'n cuirp is mu am beatha uadurach—agus uno thruaighe gur ann orrasan a tha iad a buileachadh an curaim gu h-ionlan—ach cha neil an curam uile struthadh ach o chriocheibh fuincil, agus chum a bhi riarachadh an anamianna agus an ailgheasan peacach. Sann a tha iad air an aobhar sin a' truailleadh sa milcadh an anmauma 's an cuirp lc chcile. Tha cuid dhiu leis a ghne chaitheamh beatha a tha aca a' giorrachadh au lathachan ; agus cuid eilc, cosmhuil ri fear-coimhead a phriosain, gur suarrach aca lámh a chuir uam beatha fein. Achi tha an duine a sheilbhich grás air a thicagasc gu bhi a' tuigsinn gur leis au Tighearn a chorp sa-bheatha uadurach mar as leis an t-anam ; agus tha e ag iarruidh, maille ri sin, curaun a ghabhail asda, agus meas a bhi aig orra, chum a bhi feumail air a shon-san leo ann san t-saoghal. O faiceamaid gur e grás caraid a chuirp co-maith agus an anam ! Is cinnte leam nach d'thug fear-coimhead a phriosain an iounsuidh cheudna tuille air a bheatha o'n là a fhuair c grás.

San dara ait : Nach mor an coman a chuir au Tighearn

oirbhse air an do chuir e stad o'n ghniomh uabhasach leis an robh sibh a mortadh ur 'n anama fein! Dh' fheuch c dhuibh ur eiont 's ur eunnart. Threoraieh e sibh dh' ionnsuidh an Leighieh, tre an d'fhuair sibh maitheanas agus leigheas. Choisg c mar sin sibh o'n ghniomh. Thubhairt e ri gael anam air leth dhibh, “Na dean cron sam bith ort fein.” “Tha mis an so.” O molaibh c airson na rinn e. Earbaibh às airson na tha ri dheanamh. Cumaibh dluth ris an Leighich. Cha neil ur leigheas aeh air toiseachadh, agus bithidh feum lathail agaibh air an Leighieh 's air an fhuil am fad sa bhios sibh 'n so. Biodh truas agaibh, mar an ceudna, riusan a tha fhathast g'am mortadh fein, mar a bha sibh fein uaireigin. Tagairibh ri Dia air an son, agus deanaibh na's urrainn duibh gu bhi g'an táladh dh' ionnsuidh Chriosd—seadh, abairibh riu, a reir spiorad nam briathara o'm bheil mi labhairt, O, “na deanaibh cron oirbh fein !”

San treas ait: Tha na briathar an so a' labhairt gu h-araidh riumsa, agus ri uile Mhainisteiribh Chriosd. Tha iad a' eur an eeill dhuinn an dleasdanais chudthromaeih a tha againn ri cholianadh do thaoibh nan anama neo-bhásmhor a dh' earbadh ruinn, is ris am bheil againn a blii labhairt—se sin, a bhi tabhairt rabhaidh dhoibh, 'sa bhi 'g earralaehadh orra, gun ehorn a dheanamh orra fein. Tha againn a bhi faieinn a chuid mhor d'ar luchd-cisdeahd, gach aon dhiu le a ehlaidhe sás anna fein, agus gniomhaeh ann an obair an fhein-mhoirt! Agus ma tha iad ann nach eil a faicinn sin, Dia gu'n gabh truas riu, is gun saor anama neo-bhásmhor o' bhi air a' mealladh leo! Aeh nach craiteach an scalladh a bhi faicinn anman mar so g'am mortadh fcín! Och nach ann a bhcireadh Dia dhuinn, do gaeil aon air leth againn, maille ris an Fhaidhc, a bhi a' gul o's

an ceann, agus ag radh—oir tha an t-aobhar ann—“Och nach b'uisge mo cheann, agus nach bu tobar dheur mo shuilean, a' chum gu'n guilinn a la agus a dh' oidche airson muinntir mhabhtha nighean mo shluaign !” (Ier. ix. 1.) Ach iarramaid a bhi saor o fhuil anama. Cuircamaid f'an comhair an cunnart 's an rathad dol as, agus sealleamaid ri Dia gu'n deanamh c air saothair a bheannachadh, agus fhocal fein eifeachdach dhoibh ! Agus a luchd-cisdeachd, ma tha sinn ann an dilseachd d'ur 'n anamaibh neo-bhasmhor, a cur an ecill na firinn dhuibh, 's ag innseadh dhuibh ur cunnairt 's ur truaighe, O, giulanaibh leinn. Na bithibh feargach ruinn ; sc maith 'ur 'n anama a tha againn 'nar sealladh. Agus tha sinn ag iarruidh scasamh, mar gu b'ann, eadar sibh agns cunnart siorruidh, eadar sibh agus teine dian lasrach, agus 'ur co-eigneachadh gu dunadh ri Criod !

Ach san ait mu dheireadh, agus aon am focal na dha : Do thaobh na trioblaid leis am bheil an Tighearn 'gar fiosrachadh aig an am, se gliocas is dicasdanas gach anam a bhi air fhaotainn ann an Criod. Thigeadh an sin au Colera, na plaign air bith cilc, agus thugadh leo sinn, ach gheibh iad sinn ann an Criod. Agus “is beannaichte na mairbh a bhasaicheas anns an Tighearn, a' so mach ; seadh, ata an Spiorad ag radh, chum gu'm faigh iad fois o'n saothair.” (Taisb. xiv. 13.) “Bithibhse uime sin ullamh, mar an ceudna,” arsa Criod, “oir thig Mac an duinc 'nuair nach saoil sibh.” (Luc. xii. 40.) Amen.





